

**An t-Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail air
Cìsean 2010-15:
An Co-dhùnadh Deireannach**

Ro-ràdh

'S e buidheann neo-eisimeileach a th' ann an Coimisean Gnìomhachais Uisge na h-Alba a chaidh a stèidheachadh le Pàrlamaid na h-Alba, le uallach reachdail airson cuibhreachadh nan cìsean (barr-crìche phrìsean) a dh'fhaodas Uisge na h-Alba fhaotainn air ais bhon luchd-ceannach. Tha an cuibhreachadh seo air a stèidheachadh a rèir na 'cosgais iomlan reusanta as ìsle' a thaobh Uisge na h-Alba a bhith a' coileanadh a dhleastanas don luchd-ceannach agus an àrainneachd.

Ann a bhith a' cuibhreachadh àrdachadh chìsean mu choinneamh nam bliadhnaichean 2010-15, tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth còmhla ri Riaghaltas na h-Alba, ri riochdairean luchd-ceannach, gu h-àraid FaireUisge (Waterwatch) na h-Alba, ri conn-riaghlaichean mathais – Conn-riaghlaiche Mathas an Uisge Òil agus Buidheann Dìon Àrainneachd na h-Alba – agus còmhla ri prìomh luchd-seilbhe eile, ann an dòigh shoilleir rè ùine mhòr. Tha mi a' toirt buidheachas dhaibh airson an cuid taic.

Tha sinn air a bhith fortanach gun robh taic againn bho shàr Oifis ag obair don Àrd-Oifigear againn, a tha e fhèin na bhall den Choimisean. Tha mi cuideachd a' gabhail a' chothroim seo gus taing a thoirt do gach neach anns an Oifis airson na h-obrach a chuir iad an cèill a thaobh co-chomhairle, mion-sgrùdadh agus mìneachadh agus mar a thaisbean iad na toraidhean ann an dòighean a chuidich na co-dhùnidhean againn.

'S e gnìomhachas fad-ùineach a th' ann an solar agus riarachadh uisge caithte, le amasan ùine a' ruith seachad air ùine chìsean còig bliadhna. Tha ar dearbhaidhean phrìsean a' nochdadh seo. Air a' chumha gun tèid aige air iasad fhaotainn aig na h-ìrean a dh'ainmich sinn, bu chòir do dh'Uisge na h-Alba a bhith ann an suidheachadh math ionmhasail gus dèiligeadh ri dùbhlain san àm ri teachd agus aig an aon àm a' leagail chìsean seasmhach air an luchd-ceannach.



An Ridire Ian Byatt

Cathraiche

26 An t-Samhain 2009

A' dèanamh cinnteach à luach an airgid do luchd-ceannach

- Tha an co-dhùnadh deireannach seo air cuibhreachadh chìsean a' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-ceannach luach an cuid airgid. Tha e a' cur dùbhlann mu choinneamh Uisge na h-Alba barrachd leasachaidh a thoirt air èifeachdas, agus na h-amasan uile aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh cìsean agus seilbh ath-leasaichte a liubhairt.
- Thar na còig bliadhna eadar 2010-15 èiridh cìsean 5% fo ìre na h-atmhorachd.
 - Thèid casg a chur air àrdachadh phrìsean do theaghlaichean sa chiad bhliadhna, agus ann an 2011-12 cuideachd, a rèir ìre na h-atmhorachd. Meudaichidh cìsean theaghlaichean aig ìre nas lugha na an atmhorachd eadar 2012 agus 2015.
 - Bidh àrdachadh ann an cìsean ghnòthachasan agus bhuidhnean phoblach (ach luchd-cleachdaidh sheirbheisean sruthaidh malairt a-mhàin) air a chasg ann an 2010-11 cuideachd, agus leanaidh iad an aon gheàrr-thuaisgeul às dèidh sin ri teaghlaichean.
 - Dh'fhaodadh gum bi comas aig mòran de na ghnòthachasan agus na buidhnean poblach barganachadh airson cùmhnant nas fheàrr fo fhrèam farpais nam marsantach, no an cunntasan a lùghdachadh le bhith a' cuideachadh Uisge na h-Alba gus a chosgaisean ìsleachadh.
- Bu chòir gun tig feabhas air seirbheisean luchd-ceannach gus am bi iad co-ionnan ri no nas fheàrr na na seirbheisean a tha air an solar gu làithreach leis na companaidhean as àirde cliù ann an Sasainn agus sa Chuimrigh.
- Tha e coltach gum mair Uisge na h-Alba ann an suidheachadh ionmhais làidir thar nan còig bliadhna a tha romhainn – 's e comharra math a th' ann an seo a thaobh cìsean san àm ri teachd. Cha bhiodh buaidh aig atharrachaidhean sam bith ann an rian ionmhasachaidh Uisge na h-Alba air cìsean.
- Bidh deuchainnean mheidheadairean taighe ann, a' gabhail a-steach cleachdadh air diofar sheòrsaichean taraifean, a dh'fhaodas smachd a thoirt do theaghlaichean air meud an cunntasan agus buaidh a thoirt air ìre an sgaoilidhean gualain.

A' cruthachadh gnìomhachas uisge nas uaine

- Tha taic ionmhais aig Uisge na h-Alba gus £2.5 billean a liubhairt ann an cumail suas na so-mhaoinean aige, agus a' toirt feabhas air coileanadh a thaobh àrainneachd agus slàinte a' phobail. Bidh sinn a' cumail sùil gheur air liubhairt nam builean uile a chaidh aontachadh.
 - Gu h-àraid, tha sinn ag iarraidh air Uisge na h-Alba aoidìonachd a lùghdachadh gu ìre trian aig a' char as lugha, ro 2014.
 - Tha sinn an dùil gun rannsaich Uisge na h-Alba an tomhas de dh'uisge às an adhar agus uisge talmhainn a tha a' faighinn a-steach don t-siostam òtrachais. Bu chòir seo lùghdachadh a thoirt air buaidh uisge ana-throm agus tuileachadh.
- Tha goireasan aig Uisge na h-Alba a-nis airson:
 - drèanadh Ghlaschu a leasachadh (stèidhichte air fianais bho sgrùdaidhean a tha a' dol air adhart san àm seo);
 - airgead a thasgadh ann an cumhachd ath-nuadhachail;
 - obair còmhla ri uachdarain fearainn gus àitean tionail uisge a làimhseachadh ann an dòigh nas seasmhaiche; agus
 - taic a chur ri luchd-leasachaidh togalaich is talmhainn ann a bhith a' cur an gnìomh gnàth-chleachdaidhean nas seasmhaiche.
- Tha brosnachadh nas motha ann do dh'Uisge na h-Alba, agus do mharsantaich ùghdarraichte agus an luchd-ceannach, fuasglaidhean nas seasmhaiche a leasachadh. Mar eisimpleir:
 - gus àrd-iarrtais air solar uisge òil a lasachadh le bhith ga stòradh aig fàrdach neach-ceannach; agus
 - uisge caithte a thoirt air ais agus ath-chuartachadh seach a bhith a' leigeil leis drèanadh air falbh don t-sàibhear.
- Tha farpais air buannachdan àrainneachdail a thoirt am follais. Faodaidh luchd-ceannach neo-thaigheadais an làrach truailidh agus am buaidh àrainneachdail a lùghdachadh a-nis, le bhith ag iarraidh seirbheis nas freagarraiche agus a' faotainn buannachd às a' cheangal eadar sgaoilidhean gualain agus am feum a chuireas iad air uisge.

Clàr-innse

Facal-toisich	5
Cunntas farsaing	6
Cuibhreachadh chìsean	9
Riaghladh agus meadhanan-brosnachaidh	10
Mar a chuibhricheas sinn cìsean	11
Prìomh bharailean sa Cho-dhùnadh Dheireannach seo	13
Cuibhreachadh chìsean mòr-reic	16
Tricead chosgaisean a' ghnìomhachais	18
Am prògram seilbh	18
A' cruthachadh gnìomhachas uisge nas uaine ann an Alba	25
Crìoch agus na h-ath cheumannan	28
Eàrr-ràdh 1: Cunntas farsaing air atharrachaidhean bhon Dreach Co-dhùnaidh agus am buaidh air luchd-ceannach	30
Eàrr-ràdh 2: An cùmhnant riaghlaidh is sgrùdaidh	32

Facal-toisich

Tha an Co-dhùnadh Deireannach¹ seo na chlach-mhullaich air pròiseas co-chomhairleachaidh fosgarra agus fosgailte, a chaidh a ghabhail os làimh thar còrr agus trì bliadhna.

Dh'fhoillsich sinn ar Dreach Co-dhùnaidh san Ògmhios agus fhuair sinn 22 aithrisean riochdachaidh bho raon fharsaing de chom-pàirtichean. Rinn sinn ath-bhreithneachadh mionaideach air na riochdachaidhean sin còmhla ri fiosrachadh ùr a thàinig am bàrr an dèidh dhuinn ar molaidhean fhoillseachadh. Tha na riochdachaidhean uile ach aon air am foillseachadh gu h-iomlan air ar làrach-lìn (www.watercommission.co.uk), còmhla ri ar freagairtean do na ceistean a chaidh a thogail.

Tha leth-bhric den Cho-dhùnadh Dheireannach seo rim faotainn air CD agus air an làrach-lìn againn, a thuilleadh air leth-bhric de mhodail clèibh ionmhais is tharaifean. Gheibhear dreachan ann an clò mòr agus ann an Gàidhlig den Cho-dhùnadh Dheireannach bhon Oifis againn cuideachd.

Chuir an Dreach Co-dhùnaidh againn an cèill nam buannachdan co-cheangailte ri leudachadh bliadhna a chur ri ùine smachd riaghlaidh 2010-14. Bha taic bho fhad is farsaing don mholadh seo agus san Lùnastal dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba gun robh e an dùil an ùine smachd riaghlaidh a leudachadh gu còig bliadhna. Mar sin, tha an Co-dhùnadh Deireannach a' beachdachadh air an ùine bho 2010-15.

¹ Tha an Co-dhùnadh Deireannach mar freagairt Coimisean Gnìomhachas Uisge na h-Alba do dh'iartras Riaghaltas na h-Alba a thaobh Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail air Cìsean 2010-15

Cunntas farsaing

Tha an co-dhùnadh deireannach seo a' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-ceannach luach an cuid airgid. Tha e a' cur dùbhlán mu choinneamh Uisge na h-Alba barrachd leasachaidh a thoirt air èifeachdas, agus na h-amasan uile aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh cìsean agus seilbh ath-leasaichte a liubhairt. Tha e cudromach a thoirt fa-near gu bheil Riaghaltas na h-Alba air dearbhadh nach fheum luchd-ceannach pàigheadh dà uair gu bràth airson na h-ìre seirbheis a chaidh a ghealltainn.

Tha an Co-dhùnadh Deireannach air fhoillseachadh aig àm sa bheil tomhas mòr de mhì-chinnt don eaconamaidh. Tha coltas ann gum faicear cuideam a tha a' sìor-fhàs trom air caiteachas poblach sna bliadhnaichean a tha romhainn (gu h-àraid air a' bhuidseat chalpa). Ann a bhith a' cuibhreachadh chìsean, tha sinn air ceumannann a ghabhail gus ar luchd-ceannach a dhion bhon mhì-chinnt sin.

Rè nan còig bliadhna bho 2010-15 bidh cìsean ag èirigh 5% fo ìre na h-atmhorachd. Thèid casg a chur air àrdachadh phrìsean do theaghlaichean sa chiad bhliadhna, agus a rèir na h-atmhorachd, bithear an dùil ri casg air àrdachadh phrìsean a-rithist ann an 2011-12. Meudaichidh cìsean theaghlaichean às dèidh sin aig ìre nas lugha na ìre na h-atmhorachd eadar 2012 agus 2015.

Bidh cìsean gnothachasan agus bhuidhnean san earrann phoblach (ach a-mhàin luchd-cleachdaidh sheirbheisean sruthaidh malairt) air an casg cuideachd ann an 2010-11, agus leanaidh iad an aon gheàrr-thuairisgeul às dèidh sin ri teaghlaichean. Dh'fhaodadh gum bi comas aig mòran de na gnothachasan agus na buidhnean poblach barganachadh airson cùmhnant nas fheàrr fo fhrèam farpais nam marsantach, no an cunntasan a lùghdachadh le bhith a' cuideachadh Uisge na h-Alba gus a chosgaisean ìsleachadh.²

Tha ar co-dhùnaidhean sa Cho-dhùnadh Dheireannach cuideachd a' gabhail cunntas air na feartan ùra buntainneach a leanas:

- an fheum air cinn-uidhe ùra tarbhach ionmhasachadh mar riatanas do Riaghaltas na h-Alba bho dh'fhoillsicheadh an Dreach Co-dhùnaidh;
- ar dleastanasan ùra fo Achd Atharrachadh Gnàth-shìde (Alba) 2009; agus
- cosgaisean a bharrachd a dh'fheumas Uisge na h-Alba a ghiùlain mar thoradh air Pròiseact Thramaichean Dhùn Èideann.

Tha Eàrr-ràdh 1 a' mìneachadh nam prìomh dhiofaran eadar an Dreach agus an Co-dhùnadh Deireannach.

Ann an iomlaid ullachadh a' Cho-dhùnaidh Dheireannaich, dh'aontaich sinn le Uisge na h-Alba gum b' fhiach na prìomh phuingeann sa Cho-dhùnadh seo a chur sìos ann an cunnradh riaghlaidh agus sgrùdaidh. Dh'aontaich an dà bhuidheann gum faodadh feabhas a thighinn air sgrùdadh coileanaidh nan cleachdadh an Coimisean agus Bòrd-stiùiridh Uisge na h-Alba an aon fhiosrachadh, gus coileanadh air liubhairt nan toraidhean a sgrùdadh. Tha Eàrr-ràdh 2 a' mìneachadh nam prìomh chomharran coileanaidh a bhios sinn a' sgrùdadh agus na

² Fo Earrann 29E Achd (Alba) Sheirbheisean msaa. an Uisge 2005

pròiseasan leis an aontaichear, agus ma dh'fheumar, ath-sgrùdadh, na ciad chlachan-mìle eadar-amail.

Bheir an cuibhreachadh chìsean sa Cho-dhùnadh seo comas do dh'Uisge na h-Alba: feabhas a thoirt air ar n-àrainneachd, cur ri leasachadh seasmhach, a sgaoilidhean gualain a lùghdachadh, ìre eaconamach aoidionachd a choileanadh, gèilleadh do dh'ìnbhean slàinte a' phobaill a mheudachadh, agus ìrean seirbheis nas àirde a sholar do luchd-ceannach. Tha iad a' ceadachadh do dh'Uisge na h-Alba a chosgais iomlan reusanta as ìsle a thoirt an lùib liubhairt cinn-uidhe ath-leasaichte Riaghaltas na h-Alba uile, agus a' gabhail làn chunntas air Prionnsabalan Chìsean Riaghaltas na h-Alba.³

A' sealltainn romhainn, tha ar ciad measadh a' comharrachadh gum faodadh cìsean meudachadh a-rithist aig ìre nas lugha na ìre na h-atmhorachd, rè na h-ath ùine smachd riaghlaidh ('s e sin 2015-20), (a' gabhail ris gum fan an ìre seilbhe seasmhach san fharsaingeachd ann an da-rìribh agus gum faigh Uisge na h-Alba cothrom air an ionmhas fhiachain air a bheil feum aige.)

Meadhan-Brosnachaidh, riaghladh agus leasachadh conn-riaghlaidh

Tha an Co-dhùnadh Deireannach a' soilleireachadh an ullachaidh meadhan-brosnachaidh is rioghachaidh a tha sinn a' meas deatamach do dh'obrachadh èifeachdach Uisge na h-Alba san roinn phoblach. Tha e cudromach gu bheil iomairtean leithid cunntas chùl-stòir bhannan (a chaidh a thoirt a-steach sa Cho-dhùnadh mu dheireadh againn ann an 2005 agus a tha a-nis air aontachadh le Riaghaltas na h-Alba) air an ruith ann an co-chòrdadh ris a' Cho-dhùnadh Dheireannach seo.

Tha sinn airson conn-riaghladh a dhèanamh nas soilleire agus cothroman a mheudachadh do luchd-ceannach agus luchd-seilbh eile a dhol an sàs anns a' phròiseas co-cheangailte ri suidheachadh chìsean. Gus seo a thoirt gu buil, cuiridh sinn san àireamh na tha Uisge na h-Alba a' cosg ann a bhith a' leasachadh nan riatanasan aithris riaghlaidh an-dràsta. Bidh sinn a' cuimseachadh sa chiad àite air dealachadh cunntasachd fhaotainn eadar gnìomhan leasachaidh agus lìonra Uisge na h-Alba, airson an dà chuid uisge òil agus uisge caithte.

Sealbh agus ionmhasachadh Uisge na h-Alba

Tha sealbh Uisge na h-Alba ag iarraidh gun cùm Riaghaltas na h-Alba air a' cur caiteachas seasmhach poblach ri gnìomhachas an uisge agus an òtrachais ann an Alba. 'S e is adhbhar dha seo nach eil ann ach Riaghaltas na h-Alba, aig an àm seo, a tha a' toirt seachad calpa, agus tha coltas ann gum feum Uisge na h-Alba calpa ùr fhaotainn air iasad gach bliadhna airson leantainn air airgead a chur ri leasachadh a sho-mhaoinean. Gun teagamh, 's e luchd-ceannach a tha a' pàigheadh nan cosgaisean rèidh a thig an cois an cìsean mar thoradh air iasad sam bith. Air adhbharan planaidh, tha sinn a' gabhail ris gum feum Uisge na h-Alba £140 millean de chaiteachas poblach a chleachdadh anns gach bliadhna den ùine smachd riaghlaidh.

³ Tha seo ri fhaotainn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba, www.scotland.gov.uk

Mura biodh comas aig an Riaghaltas an caiteachas poblach seo a thairgsinn, (agus e ain-deònach cead a thoirt do dh'Uisge na h-Alba iasad fhaotainn gu malairteach), dh'fheumadh prìsean don luchd-cleachdaidh àrdachadh; air neo, dh'fheumadh dàil a chur air coileanadh cinn-uidhe an Riaghaltais no cuing a chur air farsaingeachd am buaidh. 'S math dh'fhaoidte gum feum Uisge na h-Alba cìs chorparaid nas àirde a phàigheadh, a chuireadh tuilleadh meudachaidh air cunntasan an luchd-ceannach. Dh'fheumadh ìre an na seilbhe chalpa a tha an Riaghaltas ag iarraidh a chumail suas, (timcheall air £500 millean sa bhliadhna ann an da-rìribh) meudachadh anns an ìre iasaid a tha fosgailte do dh'Uisge na h-Alba aig toiseach na h-ath ùine smachd riaghlaidh.

Tha ar cuibhreachadh chìsean a' gabhail ris gum bi Uisge na h-Alba a' faotainn an t-sùim iasaid cheudna airson gach bliadhna den ùine 2010-15 agus gun tèid stòras neo-chleachdte sam bith a thoirt do chùl-stòir nam bannan, a rèir a' phròiseis a stèidhicheadh mu choinneamh an Ath-bhreithneachaidh Ro-innleachdail air Cìsean 2006-10. Tha sinn air leth sàsaichte gu bheil Riaghaltas na h-Alba air ullachadh cùl-stòir nam bannan a dhearbhadh na fhreagairt don Dreach Co-dhùnaidh⁴. Neartaichidh seo comas Uisge na h-Alba a bhith ag obrachadh mar ghnòthachas gu tàbhachd a luchd-ceannach.

A' leantainn oirnn a' tasgadh ann an gnìomhachas uisge na h-Alba

Tha an Co-dhùnadh Deireannach cuideachd a' beachdachadh gu mionaideach air farsaingeachd agus clàr-ama liubhairt air caiteachas calpa. Tha sinn a' creidsinn gum bu chòir Uisge na h-Alba a thuigse air coileanadh maoin, agus a stiùireadh air a' phrògram seilbhe a leasachadh, gu dèanamh cinnteach gum bi e comasach air na toraidhean a tha luchd-seilbh a' miannachadh, a liubhairt ann an dòigh cho èifeachdach 's a ghabhas.

Tha Uisge na h-Alba air ionmhasachadh gus prògram seilbhe de chòrr is £2.5 billean a liubhairt thar nan còig bliadhna a tha romhainn. Tha an ìre tharbhach seo de seilbh math airson ar n-àrainneachd agus an eaconamaidh. Gidheadh, 's e seo prògram eile caiteachais calpa a tha mòr dha-. 'S e dùbhlán susbainteach a bhios ann a liubhairt gu h-èifeachdach agus gu mithich. Bidh sinn a' mion-sgrùdadh mar a liubhras Uisge na h-Alba am prògram calpa, gu h-àraid a' toirt dlùth-aire do bhuilean a bha air an ionmhasachadh aig amannan 2002-06 agus 2006-10 ach nach deach an coileanadh fhathast.

Ath-sgrùdaidhean Cave agus Walker

Tha sinn a' leantainn gu dlùth ath-sgrùdaidhean Cave⁵ agus Walker⁶ air a' ghnìomhachas uisge ann an Sasainn agus sa Chuimrigh. Ann an co-cheangal ri ath-bhreithneachadh Cave, tha sinn a' creidsinn gu bheil e cudromach gum faod Uisge na h-Alba nochdadh gu soilleir mar a tha e a' tighinn ri lagh farpais na Rìoghachd Aonaichte agus na Roinn Eòrpa. Tha ar modh-ne a thaobh leasachadh riaghlaidh agus leantainn sgaradh cunntasachd làidir, co-chòrdail ris a' cheann-uidhe seo.

⁴ Tha seo ri fhaotainn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba, www.scotland.gov.uk, agus air ar làrach-lìn, www.watercommission.co.uk

⁵ Bha An t-Ollamh Martin Cave air a' choimiseanadh le Roinn HM an Ionmhais agus Defra gus farpais agus ùr-ghnàthachadh ann an gnìomhachas an uisge ann an Sasainn 's a' Chuimrigh ath-sgrùdadh.

⁶ Bha Anna Walker air a' choimiseanadh le Defra gus ath-bhreithneachadh air cìsean uisge taigheadais ann an Sasainn & sa Chuimrigh.

Tha ath-sgrùdadh Walker a' beachdachadh air cuid de na buannachdan àrainneachdail agus luchd-ceannach a dh'fhaodadh a bhith mar thoradh air meidheadachd nas fharsainge air taigheadas. Tha sinn den bheachd gum faod buannachdan ceudna a bhith ann do dh'Alba.

Nar beachd-ne, dh'fhaodte gum bi e comasach taraifean mheidheadairean taighe a dhealbhadh, a tha nam meadhan air brosnachadh ionmhasail gus uisge a shàbhaladh agus teaghlaidhean so-leònte a dhìon. Mar sin, dh'fhaodte fìor bhuannachdan àrainneachdail fhaotainn bho mheidheadachd nas fharsainge air taigheadas ann an Alba. Tha an Co-dhùnadh Deireannach a' cur san àireamh na tha deuchainnean meidheadachd taigheadais agus tuilleadh obrach san raon seo a' cosg (air an tuairmseadh aig £7 millean)⁷, agus gus dearbhadh a dhèanamh air na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann. Bidh sinn a' deasbad còmhla ri Riaghaltas na h-Alba, Uisge na h-Alba agus FaireUisge na h-Alba mun dòigh coileanaidh as fheàrr. 'S e seo aon de chorra iomairt sa Cho-dhùnadh Dheireannach seo a tha sinn a' gabhail os làimh, gus feabhas a thoirt air coileanadh àrainneachdail a' ghnìomhachais.

Cuibhreachadh Chìsean

Bhon dhearbhadh sinn na cìsean mu dheireadh ann an 2005, tha gnìomhachas uisge na h-Alba air a dhol tro atharrachadh bunachasach, le toirt a-steach farpais mion-reic do luchd-ceannach neo-thaigheadais air feadh Alba. Ann an co-chòrdadh ris an atharrachadh chudromach seo, tha an Co-dhùnadh Deireannach a' gabhail a-steach:

- crìochan air na cìsean a dh'fhaodas Uisge na h-Alba a chur air teaghlaidhean; agus
- crìochan air na cìsean a dh'fhaodas Uisge na h-Alba a chur air solaraichean mion-reic le ceadachd airson seirbheisean mòr-reic.

Tha sinn cuideachd a' stèidheachadh an àrdachaidh as motha sna taraifean àbhaisteach⁸ a dh'fheumas solaraichean mion-reic a thairgsinn do luchd-ceannach neo-thaigheadais fo an cumhachan ceadachd sa mhargaid fharpaiseach. Shuidhich sinn an cuibhreachadh ann an dàimh ri Clàr-innse Phrìsean Mion-Reic (RPI). Mar sin, tha sinn a' cuingealachadh an atharrachaidh a tha da-rìreabh ann an cunntasan an luchd-ceannaich.

Tha e cudromach a sheulachadh nach deach a' chuingealachadh a chuir sinn air cìsean a choileanadh tro chosgais do luchd-ceannach san àm ri teachd. Rinn sinn cinnteach gum bi Uisge na h-Alba a' tighinn gu deireadh na h-ùine smachd riaghlaidh ann an suidheachadh ionmhasail làidir – ma chumas e ri cumhachan a' chunntaidh riaghlaidh aige.

Tha figearan an RPI air a bhith àicheil o chionn ghoirid, agus dh'fhaodta gum fuirich atmhorachd ìosal rè a' chiad phàirt den ùine riaghlaidh. 'S e a tha san amharc againn cuibhreachadh sònraichte a shuidheachadh sa chiad bhliadhna agus cuibhreachadh iomlan rè nan còig bliadhnan uile. Tha seo a' toirt cothrom do dh'Uisge na h-Alba an ìre chìsean ann an ainm a-mhàin san sgeama chìsean aige airson 2010-11 a chasg, (agus 's dòcha ann an 2011-12 cuideachd – a rèir ìre atmhorachd phrìsean mion-reic aig an àm sin). Rè nan còig

⁷ Tha seo a' gabhail a-steach chosgaisean calpa agus obrachaidh nan deuchainnean.

⁸ 'S iad na taraifean as motha a th' ann an taraifean àbhaisteach, a dh'fhaodas solaraiche uisge le ceadachd no solaraiche sheirbheisean uisge caithte a leagail air gnothachasan no buidhnean poblach ann an àite sam bith ann an Alba. Tha inbhe àbhaisteach seirbhis ann cuideachd a dh'fheumas iad a sholar mu choinneamh na cìse seo.

bliadhna, bidh cìsean luchd-ceannach a' meudachadh aig ìre 5% nas lugha na ìre atmhorachd phrìsean mion-reic. Tha an dòigh-obrach againne a' ciallachadh gum fuirich cìsean cho seasmhach 's a ghabhas rè na h-ùine smachd riaghlaidh seo.

Clàr 1: Cuibhreachadh chìsean do luchd-ceannach taigheadais

	2010-11	2010-15
Uisge Taigheadais gun tomhais	RPI cuir-ris 0.1%	RPI thoir air falbh 8.1%
Uisge Caithte Taigheadais gun tomhas	RPI cuir-ris 1.4%	RPI thoir air falbh 2.1%
Cuibheas	RPI cuir-ris 0.8%	RPI thoir air falbh 5.0%

Clàr 2: Àrdachadh as motha air tarraifean àbhaisteach air an leagail le solaraidhean mion-reic le ceadachd

	2010-11	2010-15
Uisge	RPI cuir-ris 0.1%	RPI thoir air falbh 8.1%
Uisge caithte	RPI cuir-ris 1.4%	RPI thoir air falbh 2.1%
Sruthadh malairt	RPI cuir-ris 1.0%	RPI cuir-ris 5.1%

Riaghladh agus meadhanan-brosnachaidh

Feumaidh sùbailteachd a bhith aig Uisge na h-Alba gus na builean riatanach a liubhairt san ath ùine smachd riaghlaidh. Bu chòir gum biodh a leithid sin de shùbailteachd cudromach don leasachadh ann an èifeachdas a bhios air leas luchd-ceannach agus Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn a' tuigsinn gur dòcha nach tèid aig Riaghaltas na h-Alba air làn-sùbailteachd a thairgsinn do dh'Uisge na h-Alba tuilleadh, a thaobh àm airson iasad. Tha ar cuibhreachadh a' toirt fa-near seo.

Bha Prionnsabalan Chìsean Riaghaltas na h-Alba a' toirt cead do dh'Uisge na h-Alba £150 millean fhaotainn air iasad gach bliadhna den ùine sgrùdaidh chòig bliadhna. Tha an cuibhreachadh a' cur mar fhiacham gu bheil Uisge na h-Alba a' faotainn £140 millean air iasad gach bliadhna. Tha sinn a' gabhail ris cuideachd gu bheil Uisge na h-Alba a' tar-aiseag stòras sam bith a tha air fhàgail aige tron bhliadhna ionmhasail gu a chunntas chùl-stòir bhannan. Tha e riatanach do sgeamaichean mòra innleadaireachd, leithid ionad-obrach ùr leasachadh uisge Dhùn Èideann, gun gabh Uisge na h-Alba amas planaidh ioma-bliadhna os làimh. Is còir don chunntas chùl-stòir bhannan a bhith mar 'cùl-taic' eadar an amas planaidh seo agus an fhrèam caiteachais poblach sa ghearr-ùine.

Ri linn sin, tha e gu h-àraid cudromach gum bi an cunntas chùl-stòir bhannan air a ruith mar a chaidh aontachadh bho thùs airson na h-ùine smachd riaghlaidh làithreach. Cha bu chòir còrr sam bith sa chunntas seo a bhith air fhaicinn mar àrd-choileanadh agus a bhith air a thar-aiseag gum bufair bhannan, gus an cuir sinn crìoch air ar measadh de choileanadh Uisge na h-Alba rè ùine smachd riaghlaidh. Chan fhaod gun tachair seo nas tràithe na deireadh samhraidh na bliadhna sa bheil an ùine smachd riaghlaidh airson 2010-15 a' tighinn gu crìch ('s e sin deireadh an t-samhraidh 2015).

Cha bu chòir an stòras anns a' chunntas chùl-stòir bhannan a bhith air a chleachdadh le

Uisge na h-Alba ach airson diofaran ann an tìm a choileanadh, eadar gur e sin easaonta ann an geàrr-thuairisgeul liubhairt thoraidhean a tha air a ghabhail a-steach san ath-sgrùdadh chìsean no sa gheàrr-thuairisgeul a thaobh coileanadh èifeachdasan. Bu chòir do luchd-seilbh coimhead ris an stòras iomlan a tha ri fhaotainn aig Uisge na h-Alba ann an iasadan bho Riaghaltas na h-Alba agus cìsean luchd-ceannach rè na h-ùine smachd riaghlaidh gu h-iomlan. Chan eil còrr tarbhach ann am bliadhna sam bith a' ciallachadh nach bi feum air an stòras sin, agus chan eil sùim bheag no neoni sa chunntas chùl-stòir bhannan a' ciallachadh gu bheil inbhean coileanaidh Uisge na h-Alba truagh.

Tha an Co-dhùnadh Deireannach a' cur san àireamh cìsean a tha a' gabhail a-steach a' chosgais choimearsalta bhualteach bho fhiachan air companaidh le neart làithreach agus neart measaichte coltach ri Uisge na h-Alba san àm ri teachd.. Bu chòir an diofar eadar a' chuibhreann seo agus cosgais fiachan na roinne phoblaich a tha air a chur ri fhaotainn do dh'Uisge na h-Alba, a bhith air a chur ris a' chunntas chùl-stòir bhannan. Tha sinn an dùil gum biodh £80 millean sa chunntas chùl-stòir bhannan aig deireadh na h-ùine smachd riaghlaidh nam biodh Uisge na h-Alba a' coileanadh a rèir a' Cho-dhùnaidh Dheireannach seo.

Tha sinn a' tuigsinn gur dòcha gum bi cuideam ga sìor leagail air a' bhuidseat a tha aig Riaghaltas na h-Alba. Mura bi comas aig an Riaghaltas an ìre riatanach de dh'iasad a thoirt seachad rè na h-ùine smachd riaghlaidh seo, dh'fhaodadh iad beachdachadh air Urras Teachdail na h-Alba a chleachdadh mar shlighe air ionmhas a sholar do dh'Uisge na h-Alba, no ma ghabhas e dèanamh, cead a thoirt do dh'Uisge na h-Alba iasad malairteach fhaotainn mar a chaidh aontachadh le Rèile an Lionraidh. Le bhith a' cur san àireamh cosgais choimearsalta fhiachan nuair a bhitheas a' suidheachadh phrìsean, tha sinn air dèanamh cinnteach nach meudaicheadh cìsean luchd-ceannach nam biodh Riaghaltas na h-Alba a' cur riatanas air Uisge na h-Alba a dhol an sàs ann am margaidean coimearsalta fhiachan.

Mar a chuibhricheas sinn cìsean

Tha sinn a' ceadachadh do dh'Uisge na h-Alba teachd-a-steach a bheir ruith air a chosgaisean obrachaidh, ionmhasachaidh agus calpa uile, a' cur san àireamh na h- ìre iasaid a tha a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba.

An ìre piseach air airgead-seilbh a ghabhas san àireamh

Is coir gum bi Uisge na h-Alba ann an suidheachadh daingeann ionmhasail ro dheireadh na h-ùine smachd riaghlaidh seo, ma chothaicheas e na dùbhlain a tha air an ainmeachadh sa Cho-dhùnadh Dheireannach seo. Is coir do shuidheachadh a neart ionmhasail a bhith co-ionann ris na companaidhean nas làidire ann an Sasainn.

A' coimhead nas fhaide air adhart, tha sinn rùnaichte cead a thoirt do dh'Uisge na h-Alba neart ionmhasail a ghleidheadh an taobh a-staigh nan raointean a tha air an cur ri chèile ann an Clàr 3 airson amannan smachd riaghlaidh san àm ri teachd. Tha na prìomh bhuidhnean reatadh creideis air sealltainn gu bheil na raointean sin co-chòrdail ri ìre reataidh seilbh sheasmhach.⁹ Bhitheamaid a' planadh air cead a thoirt do dh'Uisge na h-Alba an ìre seo de

⁹ Co-ionann ri reat A singilte air a' char as lugha

neart ionmhasail a chumail suas san fharsaingeachd, co-dhiù a gheibh e iasad bho Riaghaltas na h-Alba no bho bhunan coimearsalta.¹⁰

Clàr 3: Ro-bharail air an raon cho-mheasan ionmhasail rè na h-ùine smachd riaghlaidh

Co-mheas ionmhasail	Ro-bharail air luach cuibheasach sa Cho-dhùnadh Dheireannach seo	An Àbhaist airson ìre seilbhe ¹¹	Dùil ri chumail suas ¹²
FFO / fiachan¹³	12.5%	Mu 13.0%	11% gu 13%
RCF/ fiachan¹⁴	12.5%	Mu 8.0%	11% gu 13%
Còmhach riadh airgid¹⁵	3.4	Mu 3.0	Nas àirde na 3
Còmhach riadh airgid I (cìsean calpa: leasaichte^{16, 17})	1.6	Mu 1.6	1.5 gu 2.0
Còmhach riadh airgid II (fior chaiteachas cumail calpa)¹⁸	2.1	Mu 2.0	2.0 gu 2.5

Chuir sinn san àireamh ìre chuibheasach de fhìor phrothaid às dèidh cìs a phàigheadh air luach calpa riaghlaidh 2.8% aig Uisge na h-Alba. Tha an ìre prothaid seo co-chòrdail ri cumail suas an ìre neart ionmhasail air a mhìneachadh ann an Clàr 3. An-dràsta, tha ìre ìsleachaidh Uisge na h-Alba nas àirde na an ìre a dh'ionmhasaicheadh Olwat ann an crìochan phrìsean chompanaidhean.¹⁹ Ma nì sinn atharrachaidhean mu choinneamh ìre ìsleachaidh Uisge na h-Alba gun ìre nas ìsle agus an lùghdachadh seo a chur ris a' chosgais calpa a tha ceadaichte, tha an fhìor reata prothaid èifeachdach a tha sinn air a cheadachadh do dh'Uisge na h-Alba ag èirigh gu 4.2%. Seo an reata prothaid a tha sinn den bheachd a bu chòir Uisge na h-Alba a chleachdadh ann a bhith ag obrachadh a-mach a thabhartasan do luchd-leasachaidh. Bhiodh a' phrothaid seo beagan na b' àirde (4.3%) ma rèiticheas sinn airson buaidh a' ghnòthachais reic neo-thaigheadais sgarichte.

¹⁰ Bhiodh an gabhail os làimh seo umhail do phàigheadh sam bith le Uisge na h-Alba gu a neach-seilbh no solaraiche ionmhasail a bhith reusanta

¹¹ Mar a tha air a mhìneachadh le Olwat

¹² Misneachd a thogail san fhrèam riaghlaidh airson ath-ionmhasachadh san àm ri teachd

¹³ Tha FFO/fiachan air a mhìneachadh mar shruth airgid lom bho ghnìomhan obrach, le cìs agus riadh lom air a thoirt air falbh, air an roinn uile le fiachan lom.

¹⁴ Tha RCF/fiachan air a mhìneachadh mar shruth airgid lom bho ghnìomhan obrach, le cìs, riadh lom agus duaisean-roinne air an toirt air falbh, air an roinn uile le fiachan lom.

¹⁵ Tha còmhach riadh airgid air a mhìneachadh mar shruth airgid lom bho ghnìomhan obrach le cìs air a thoirt air falbh agus riadh air a chur ris, uile air an roinn leis an riadh a chaidh a phàigheadh.

¹⁶ Tha còmhach riadh airgid I air a mhìneachadh mar shruth airgid lom bho ghnìomhan obrach le cìs agus cosgaisean calpa air an toirt air falbh (cìs ath-ùrachaidh bun-structair agus cosgais ìsleachaidh làithreach) le riadh a fhuairheadh air a chur ris, uile air an roinn le riadh a chaidh a phàigheadh.

¹⁷ Tha seo a' cleachdadh an aon leasachadh ìsleachaidh agus a thathar a' cur ri cosgais cuibheasach calpa (WACC).

¹⁸ Tha còmhach riadh airgid II air a mhìneachadh mar shruth airgid lom bho ghnìomhan obrach le cìs agus caiteachas cumail calpa air an toirt air falbh (neo-chaiteachas cumail bun-structair agus caiteachas ath-ùrachadh bun-structair) agus an riadh a fhuairheadh, uile air an roinn leis an riadh a chaidh a phàigheadh.

¹⁹ A rèir riochdachaidhean Uisge na h-Alba, bidh sinn a' sgrùdadh le chèile na cìsean ìsleachaidh freagarrach do dh'Uisge na h-Alba, mu choinneamh àiteachan eile ann an gnìomhachas uisge Bhreatainn.

Prìomh ro-bharailean sa Cho-dhùnadh Dheireannach seo

Bunait chìsean luchd-ceannach

Tha fianais ann nach eil luchd-ceannach neo-thaigheadais uile a tha a' faotainn seirbheis uisge agus òtrachais, a' faighinn cunntas ma choinneamh. Mar sin, dh'fhaodadh gum bu chòir Uisge na h-Alba a bhith a' faighinn barrachd teachd-a-steach (aig an ìre tharaifean làithreach) bhon luchd-ceannach a tha ann. Tha sinn a' cur an cèill ar rùn brosnachadh a thoirt a-steach do mharsantaich gus a leithid sin de luchd-ceannach a chomharrachadh. Bidh seo stèidhichte air dòigh coltach ris an dòigh a bhite a' cleachdadh gus an tabhartas reusanta mu choinneamh cosgaisean toisich bun-structair obrachadh a-mach, dom biodh luchd-leasachaidh thogalaichean ùra buailteach, a tha Uisge na h-Alba a' pàigheadh mar-thà.


Tha sinn cuideachd a' cur an cèill ar rùn meadhan beag brosnachaidh a stèidheachadh do mharsantaich gus togalaichean a chomharrachadh a tha air an clàradh 'bàn' san àm seo (agus uime sin gun chomas againn cìs a leagail orra) ach far a bheil neach-còmhnaidh a-nis a' faotainn seirbheis. Cuiridh sinn an òrdugh co-chomhairle ghoirid a thaobh mar a dh'fhaodas na brosnachaidhean sin obrachadh às dèidh ar Co-dhùnadh Deireannach, agus cuirear na planaichean an gnìomh ro 1 Giblean 2010.

Fàs

Ann a bhith a' dearbhadh an cuibhreachadh chìsean tha ro-bharailean againn air bunait na luchd-ceannaich dham bi Uisge na h-Alba a' toirt seirbheis dhar rèir, an dà chuid do luchd-ceannach taigheadais agus neo-thaigheadais. Tha ar tuairmsean a' gabhail cunntas air atharrachaidhean eachdraidheil sa bhunait luchd-ceannach agus tuairmsean Uisge na h-Alba a thaobh fàs sna planaichean seilbhe. Tha iad gun atharrachadh bho na dreach mholaidhean againn.

Ceadaichte airson cosgaisean obrachaidh

Tha sinn a' stèidheachadh ar rùn a thaobh ìre chosgaisean obrachaidh air am biodh feum aig Uisge na h-Alba air eachdraidh a' chaiteachais obrachaidh ann an gnìomhachas an uisge. Tha coileanadh chompanaidhean ann an Sasainn a' nochdadh gu làidir gu bheil iad an-còmhnaidh comasach, thar sreath de dh'ath-sgrùdaidhean air prìsean, air fìor chaiteachas obrachaidh seasmhach a liubhairt. Bidh cosgaisean obrachaidh ag atharrachadh bho àm gu àm ach an taobh a-staigh raon an ìre mhath teann de timcheall air 7% cuir-ris/thoir air falbh. Tha seo air a thaisbeanadh ann am Figear 1 air an ath dhuilleig.

Figear 1: Caiteachas obrachaidh ann an Sasainn agus sa Chuimrigh (prìsean 2007-08)²⁰

Nar beachd-ne, bu chòir do dh'Uisge na h-Alba a bhith comasach air a ghnòthachas a chur an gnìomh agus dleastanasan ùra sam bith a choileanadh, le caiteachas obrachaidh a tha ag èirigh ann an co-ionannachd ri ìre na h-atmhorachd gach bliadhna. Tha sinn a' gabhail ris gum bi atharrachaidhean mu thimcheall geàrr-thuairisgeul còmhnaidh airson cosgaisean obrachaidh.

Tha aithrisean riochdachaidh Uisge na h-Alba a' taisbeanadh gu bheil dùil aige ceumannan làidir a ghabhail gus èifeachdas obrachaidh agus ìrean seirbheis a choileanadh sa chairteal as àirde ro 2013-14, stèidhichte air coileanadh nan companaidhean ann an Sasainn agus sa Chuimrigh ann an 2007-08. Tha Uisge na h-Alba den bheachd gum feumar caiteachas obrachaidh a bharrachd a tharraing aig toiseach cùise ann a bhith a' dèanamh sin. Mar thoradh air an sin, tha sinn a-nis a' ceadachadh airson ìre cosgaisean obrachaidh nas àirde aig an toiseach, ach cuideachd ìre lùghdaichte cosgaisean obrachaidh san àm ri teachd mar thoradh air seilbh Uisge na h-Alba ann an cumhachd ath-nuadhachail (dleastanas ùr bhon Rìghaltas).

Tha an t-atharrachadh seo anns an tuairisgeul cosgais obrachaidh co-ionnan ris a' phàtran àbhaisteach de chosgaisean obrachaidh còmhnaidh ann an gnìomhachas an uisge thar an fhad-ama. Tha sinn a' dùileachadh gum bu chòir Uisge na h-Alba a bhith comasach air cosgaisean obrachaidh a chumail suas ann an amannan smachd riaghlaidh san àm ri teachd aig mu £275 millean agus £280 millean ann am prìsean 2007-08. Dh'fhaodadh clisgeadh neo-àbhaisteach sam bith, leithid meudachadh ann an cunntas reataichean Uisge na h-Alba, dèiligeadh ris anns an ath dhearbhadh no tro dhearbhadh eadar-amail – ann an co-chòrdadh ri gnàth-chleachdadh riaghlaidh.

Tha ar cosgaisean obrachaidh ath-leasaichte air an dèanamh suas air na cuibhreannan a leanas.

²⁰ Bidh sinn a' cleachdadh cuibheas còig-bliadhna gus ìre atharrachaidhean geàrr-ama a shealltainn ann an caiteachas obrachaidh.

Clàr 4: Ceadachd airson cosgaisean obrachaidh 2010-15 (prìsean 2007-08)

	2010-11	2011-12	2012-13	2013-14	2014-15
Bunait caiteachas obrachaidh	£270.0m	£270.0m	£270.0m	£270.0m	£270.0m
Leasachadh aithriseachd riaghlaidh	£2.5m	£2.5m	£2.5m	£2.5m	£2.5m
Obair le luchd-seilbh ann an còig àiteachan co-èignichte	£3.0m	£3.0m	£3.0m	£3.0m	£3.0m
Fàgail Earrann 29E agus leasachadh air plana leasachaidh tomhas maoine ro-innleachdail Uisge na h-Alba	£1.0m	£1.0m	£1.0m	£1.0m	£1.0m
Smachd boltraidh	£1.0m	£1.0m	£1.0m	£1.0m	£1.0m
Cuideachadh le cosgaisean Prìomh Bhuidheann Margaidh	£1.0m	£1.0m	£1.0m	£1.0m	£1.0m
Comasachadh farpais	£0.5m	£0.5m	£0.5m	£0.5m	£0.5m
Deuchainnean mheidheadairean taighe	£1.0m	£1.0m	£1.0m	£1.0m	£1.0m
Sàbhalaichean mar thoradh air tasgadh ann an cumhachd ath-nuadhachail	£0.0m	£0.0m	£0.0m	£0.0m	-£2.0m
Cosgaisean mùthaidh/aoidionachd	£14.0m	£11.0m	£4.0m	£0.0m	£0.0m
Cosgaisean obrachaidh iomlan	£294.0m	£291.0m	£284.0m	£280.0m	£278.0m

Thug sinn air falbh an cuibhreann airson cosgaisean a bharrachd gus cunnart cryptosporidium a lùghdachadh ann an còig sgìrean le cunnart ìosal, oir anns na riochdachaidhean aige, dh'aithris Riaghlaidhe Mathas an Uisge Òil (DWQR) nach robh e a' creidsinn gun toireadh a leithid sin de dh'iomairt buannachd mhòr sam bith.

Gus sgrùdadh a dhèanamh air ar co-dhùnidhean mun ìre chosgaisean obrachaidh a bu chòir dhuinn a cheadachadh, rinn sinn coimeas eadar caiteachas obrachaidh Uisge na h-Alba agus na companaidhean ann an Sasainn agus sa Chuimrigh. Chuir sinn feum air na modalan eaconameatraig a bhios Olwat a' cleachdadh gus coileanadh nan companaidhean ann an Sasainn agus sa Chuimrigh a choimeasadh, gan freagarrachadh gus fiosrachadh bho Uisge na h-Alba a ghabhail a-steach. Tha am mion-sgrùdadh ag innse gum faodadh Uisge na h-Alba, le stiùireadh dìongmhalta, ar cuibhreann airson caiteachas obrachaidh a choileanadh nas fheàrr.

Ìrean coileanaidh seirbheis

Bha ar moladh a thaobh Uisge na h-Alba coileanadh sa chairteal as àirde a ruighinn ro 2013-14 air a ghabhail ris fada is farsaing le luchd-seilbh, nam freagairtean do ar co-chomhairle air modh-obrach agus gu dearbh le Uisge na h-Alba na phlana- gnothaich. An lorg riochdachaidhean Uisge na h-Alba air an Dreach Co-dhùnidh, tha sinn an dùil gun coisinn e sgòr Measadh Coileanaidh Iomlan (OPA) ann an raon 380-400 ro 2013-14. Tha sinn a' dùileachadh gum bi coileanadh air a chumail os cionn 380 ann an 2014-15 agus anns na bliadhnaichean às dèidh sin.

PPP

Anns a' Cho-dhùnadh Dheireannach seo tha sinn a' gabhail ris gum bi cìsean PPP £130 millean sa bhliadhna. Anns an Dreach Co-dhùnaidh cheadaich sinn £2 mhillean a bharrachd airson caiteachas obrachaidh bliadhnaile PPP, gus cosgaisean a chòmhdach co-cheangailte ri gèilleadh a chumail suas aig an ionad-obrach airson uisge caithte ann an Dail Mhoire. Ged a tha sinn toilichte gu bheil Uisge na h-Alba air gabhail ris gum bi coileanadh ann an Dail Mhoire air a ghabhail a-steach don sgòr OPA aige, tha sinn a' toirt fa-near gu bheil gèilleadh a' cosg timcheall air £4 millean sa bhliadhna. Mar sin, tha sinn air co-dhùnadh ceadachadh airson aon chuibhreann a-mhàin de chaiteachas calpa/obrachaidh de £30 millean, gus fuasgladh maireannach a choileanadh ann an Dail Mhoire airson fad beatha obrachaidh an ionad-obrachaidh a th' ann aig an àm seo. Bidh sinn ag iarraidh air Uisge na h-Alba taisbeanadh dhuinn gu bheil e air am fuasgladh as lugha cosgais²¹ a ghabhail os làimh air bunait luach lom làithreach. Tha sinn a' dùileachadh gum faigh Uisge na h-Alba taic an Neach-aithris airson nan roghainnean teicnigeach a bhios e a' sgrùdadh agus gun cuirear leth-bhreac de mheasadh ionmhasail a' Bhùird air adhart thugainn.

Cuibhreachadh chìsean mòr-reic

Fuasgladh crois-thabhartasan

Tha an Co-dhùnadh Deireannach a' tòiseachadh ri fuasgladh a' chrois-thabhartais sheasmhach ann an cìsean mòr-reic, a tha air a bhith na bhuannachd do chuid luchd-ceannach sruthaidh malairt gu dìobhail luchd-ceannach neo-thaigheadais uile. Bidh sinn a' conaltradh tuilleadh le luchd-seilbh mu ciamar a bu chòir na crois-thabhartasan sin a bhith air am fuasgladh aig ìre mion-reic. Gabhaidh sinn os làimh na prionnsabalan ceudna a chuir sinn an cèill san Dreach Co-dhùnaidh.

Ag aiseag ghnìomhan gu solaraichean le ceadachd

Sa Cho-dhùnadh Dheireannach seo, tha sinn a' toirt fa-near gum bi cuid de ghnìomhan air an tar-aiseag bho Uisge na h-Alba gu solaraichean le ceadachd. Tha iad sin a' gabhail a-steach:

- seirbheisean mheidheadairean;
- sampladh sruthadh malairt agus sgrùdadh aonta; agus
- ceanglaichean ùra.

Tha ar tuairmse air cosgais Uisge na h-Alba ann an solarachadh nan seirbheisean sin a' fantainn timcheall air £8 millean sa bhliadhna. Tha sinn an dùil cìsean mòr-dhiol Uisge na h-Alba a lùghdachadh mar gheall air seo. Air sgàth cuid de na riochdachaidhean san Dreach Co-dhùnaidh againn, tha sinn a' cur dàil air buileachadh nan atharrachaidhean sin agus tha sinn a-nis den bheachd gun tèid an cur an cèill gun a bhith nas fhaide na an Giblean 2012. 'S e ar plana a bhith a' comhairleachadh tuilleadh air an dòigh as fheàrr air na h-

²¹ 'S e an reata lasachaidh reata WACC de 4.2% fìor. Sa Cho-dhùnadh Dheireannach tha sinn a' moladh cleachdadh air trì diofar reataichean lasachaidh, gus suidheachadh a nochdadh ris am faodadh Uisge na h-Alba a bhith a' dèiligeadh. Is iad sin 2.1% fìor airson gluasad teachd-a-steach eadar bhliadhnaichean; 4.2% airson mion-sgrùdadh air pròiseactan a chaidh aontachadh agus ionmhasachadh agus 6.2% (cosgais molta cothrom) airson mion-sgrùdadh air pròiseactan nach eil air am maoinachadh. Tha seo a' nochdadh a' chuingealachaidh air ionmhas fhiachan a tha ri fhaotainn le Uisge na h-Alba.

atharrachaidhean sin a chur an gnìomh. Cuiridh sinn buidhnean beaga de luchd-seilbh air dòigh gus am buileachadh a dheasbad, agus cuiridh sinn fàilte air iarrtasan bho dhaoine a tha airson pàirt a ghabhail.

Toradh cuibhreachadh chìsean mòr-dhiòl

Tha cuibhreachadh chìsean mòr-reic air an cur sìos ann an Clàr 5. Dh'fheumadh aiseag uallach nan gnìomhan ùra gu solaraichean le ceadachd ro 31 Am Màrt atharrachadh nas motha air cuibhreachadh chìsean mòr-reic ann an 2012-13.

Clàr 5: Cuibhreachadh chìsean mòr-reic

	2010-11	2011-12	2012-13	2013-14	2014-15
Uisge	RPI thoir air falbh 1.8%	RPI thoir air falbh 6.9%	RPI thoir air falbh 7.1%	RPI thoir air falbh 3.1%	RPI thoir air falbh 3.1%
Òtrachas salach agus drèanadh uachdair	RPI thoir air falbh 5.0%	RPI thoir air falbh 10.1%	RPI thoir air falbh 8.1%	RPI thoir air falbh 6.3%	RPI thoir air falbh 6.3%
Sruthadh malairt	RPI cur-ris 1.0%	RPI cur-ris 1.0%	RPI thoir air falbh 6.8%	RPI cur-ris 1.0%	RPI cur-ris 1.0%

Buaidh cuibhreachadh chìsean air a' mhargaid reic fharpaiseach

Bhon Ghiblean 2008, tha cunntasan uisge is òtrachais do luchd-ceannach neo-thaigheadais air a bhith fo bhuaidh dà phrìomh eileamaid:

- a' phrìs mhòr-reic a tha Uisge na h-Alba a' cur air solaraichean le ceadachd; agus
- cùmhnantan sam bith a chaidh aig luchd-ceannach air a bharganachadh le solaraichean le ceadachd airson seirbheisean a tha iad a' faotainn.

Tha solaraichean le ceadachd a' tairgsinn seirbheisean nas fheàrr a-cheana a thaobh èifeachdas uisge agus comhairle làimhseachadh sgudail do luchd-ceannach neo-thaigheadais.

Aig an àm seo, gus luchd-ceannach neo-thaigheadais a dhìon, chuir sinn taraifean a tha a' cur cuingealachadh air cìsean dh'fhaodas solaraichean le ceadachd a leagail far nach eil iad a' solarachadh seirbheisean a bharrachd. Anns a' Cho-dhùnadh Dheireannach seo, tha sinn a' seatadh chìsean a dh'atharraicheas a rèir cìsean do luchd-ceannach taigheadais²².

Tha sinn a' co-dhùnadh gum bu chòir solaraichean le ceadachd a bhith comasach air ìrean seirbheis nas mionaidiche a thairgsinn do an luchd-ceannach agus barrachd sheirbheisean feumail leithid comhairle air èifeachdas uisge agus air lùghdachadh buadh neach-ceannach air an àrainneachd. Ann a bhith a' moladh chìsean a bhios ag atharrachadh a rèir cìsean taigheadais, tha sinn a' dùileachadh iomairtean fhaicinn bho na solaraichean le ceadachd sna sgèran sin. Bhitheamaid an dùil cuideachd gum faiceamaid rèiteachaidhean solair aig prìsean nas ìsle na ìre na h-àbhaist air an tairgsinn do luchd-ceannach nach fhaigheadh buannachd às a leithid sin de sheirbheisean.

²² Ach airson sruthadh malairt, a bhios na chùis co-chomhairleachaidh eile.

Tricead chosgaisean a' ghnìomhachais

Tha sinn air ar misneachadh nach do chuir neach-seilbh sam bith an aghaidh mion-sgrùdadh sealadach againn air structar cosg a' ghnìomhachais. Tha sinn a' cumail air adhart ag obair san raon seo agus bidh sinn a' foillseachadh fiosrachadh às ùr gu cunbhalach air an làrach-lìn againn, mu ar feallsanachd.

Am prògram seilbhe

Bha aithrisean riochdachaidh Uisge na h-Alba ag iarraidh £82 millean a bharrachd air an £2,396 millean a bha ceadaichte anns an Dreach Co-dhùnaidh.

Tha an seilbh a bharrachd a dh'iarr Uisge na h-Alba air a chur sìos ann an Clàr 6.

Clàr 6: Iarrrtas Uisge na h-Alba airson cuibhreannan a bharrachd ann an crìochan phrìsean (prìsean 2007-08)

	Suim
Mathas uisge òil	£41.8m
Leasachadh àrainneachdail	-£0.3m
Gleidheadh calpa	£0.0m
Fàs	£28.0m
Dùbhlán lùghdachadh èifeachdais	£12.4m
Iomlan	£81.9m

Rinn sinn ath-sgrùdadh mionaideach air na riochdachaidhean sin agus thàinig sinn chun a' cho-dhùnaidh gum faodadh sinn freagairt ann an dòigh dhearbhadh. Tha ar co-dhùnaidhean air an cur an cèill ann an Clàr 7. Tha ar n-adhbharan air an cur an cèill an seo shìos.

Clàr 7: Freagairt a' Choimisean do riochdachaidhean Uisge na h-Alba mu chaiteachas calpa air a cho-cheadachadh san Dreach Co-dhùnaidh (prìsean 2007-08)

	Aithrisean riochdachaidh Uisge na h-Alba	Ar n-atharrachadh air riochdachaidhean Uisge na h-Alba	Atharrachadh air a' chaiteachas calpa cho-cheadaichte
Mathas uisge òil	£41.8m	-£21.3m	£20.5m
Leasachadh àrainneachdail	-£0.3m	-£2.1m	-£2.4m
Gleidheadh calpa	£0.0m	£19.4m	£19.4m
Fàs	£28.0m	-£15.2m	£12.8m
Dùbhlán èifeachdais	£12.4m	£6.3m	£18.7m
Iomlan	£81.9m	-£12.9m	£69.0m

Sa Cho-dhùnadh Dheireannach seo, tha sinn a' toirt fa-near an tuilleadh caiteachas calpa gus freagairt a thoirt a rèir an fhiosrachaidh ùir nach robh ri fhaotainn nuair a dh'fhoillsich sinn an Dreach Co-dhùnaidh. 'S e an nì as cudromaiche a thaobh seo, an gabhail a-steach air àireamh de thoraidhean ùra anns an dreach dheireannach de chinn-uidhe Riaghaltas na h-Alba²³ nach robh anns an dreach na bu tràithe. Tha iad sin a' gabhail a-steach cinn-uidhe an Riaghaltas airson fàs ann an 2014-15. Chuir sinn cuideachd san àireamh caiteachas calpa às leth ar dleastanasan fo Achd Atharrachaidh Gnàth-shìde (Alba) 2009. Mu dheireadh, thuig sinn gum bi Uisge na h-Alba a' tarraing caiteachas seasmhach a bharrachd a chionn 's nach fheum pròiseact Thramaichean Dhùn Èideann a' chosgais iomlan a phàigheadh airson slighe nam prìomh fhìoban uisge agus òtrachais a stiùireadh air falbh, nì a dh'fheumas a bhith dèante mus bi e crìochnaichte.

Tha an suim a bharrachd seo air a chur sìos ann an Clàr 8.

Clàr 8: Caiteachas calpa co-cheadaichte nach eil anns an Dreach Co-dhùnaidh (prìsean 2007-08)

	Iarrtas Uisge na h-Alba	Atharrachadh a' Choimisein	Caiteachas calpa deireannach co-cheadaichte
Cinn-uidhe ùr Riaghaltas na h-Alba	£46.9m	-£5.4m	£41.5m
Bun-fhàis l agus fàs ann am bliadhna a còig	£34.1m	£21.2m	£55.3m
Cosgaisean co-cheangailte ri pròiseact Thramaichean Dhùn Èideann	£8.0m	£0.0m	£8.0m
Freagairt a' Choimisein do dh'Achd Atharrachaidh Gnàth-shìde (Alba) 2009	£0.0m	£15.0m	£15.0m
Fuasgladh air Ionad-leasachaidh Uisge Caithte Dhail Mhoire ²⁴	£0.0m	£30.0m	£30.0m
Iomlan	£89.0m	£60.8m	£149.8m

Beachd a' Choimisein air riochdachaidhean Uisge na h-Alba

Anns na h-earrannan a leanas tha sinn a' dèanamh iomradh air ar freagairt do riochdachaidhean Uisge na h-Alba. Chan eil na h-àireamhan an seo air an atharrachadh gus an dùbhlán gu Uisge na h-Alba a ghabhail a-steach a thaobh èifeachdas a leasachadh air an dòigh a tha e a' liubhairt sa phrògram caiteachais calpa. An dèidh ar beachd a mhìneachadh air an fharsaingeachd obrach a tha a dhìth, tha sinn a' mìneachadh ar dòigh smaoineachaidh air an saorsa a tha aig Uisge na h-Alba gus èifeachdas a leasachadh.

Mathas uisge òil

Na riochdachaidhean, tha Uisge na h-Alba a' moladh tuilleadh seilbhe de £41.8 millean ann an leasachaidhean air mathas uisge òil. Rinn sinn deasbad mionaideach còmhla ri DWQR air molaidhean Uisge na h-Alba mar phàirt den mheasadh againn air farsaingeachd nan obraichean a tha san amharc aig Uisge na h-Alba.

²³ Tha iad seo rim faotainn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba, www.scotland.gov.uk

²⁴ Air a ghabhail a-steach an seo airson iomlanachd - cha bu chòir seo a ràdh gu bheil an Coimisean a' cur taobh ri fuasgladh sònraichte sam bith gus gèilleadh fhaotainn ann an Dail Mhoire.

Bha tuilleadh obrach le Uisge na h-Alba air a mholaidhean gus dèiligeadh ri cryptosporidium air nochdadh gun robh fuasglaidhean aig cosgais nas lugha rim faotainn ann an 12 làraich. Mar sin, lùghdaich Uisge na h-Alba a chiad ro-aithris air cosgais le £16.8 millean.

Thug sinn fa-near cuideachd riochdachaidhean bho DWQR a thaobh cudromachd a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil riatanasan a thaobh cryptosporidium air an làn choileanadh. Gu h-àraid, bha an DWQR miannach air seilbh a chur ann an solar cumhachd cùl-taic aig làraich so-leònte. Mar sin, ghabh sinn ri riochdachaidhean Uisge na h-Alba san sgìre seo.

Chuir sinn san àireamh moibeanadh (glanadh) prìomh phìoban²⁵ agus rannsachaidhean lìonraidh anns a' chuibhreann ath-leasaichte againn airson gleidheadh calpa, agus mar thoradh air an sin ghluais sinn na nithean sin (£21 millean) à riochdachadh Uisge na h-Alba air tasgadh ann am mathas uisge.

Dh'iarr Uisge na h-Alba cuideachd gum biodh cuibhreann an Dreach Co-dhùnaidh airson dèiligeadh ri reachdas ùr a thaobh solaran uisge neo-leasaichte, air a mheudachadh gus cothrom a thoirt air an àireamh as lugha de na riatanasan reachdail a bhith air an coinneachadh. Cho-dhùin sinn gum bu chòir £2.2 millean a cheadachadh air a' bhunait gum biodh seo gu leòr gus ruith a thoirt air na riatanasan reachdail uile san raon seo.²⁶

Gu h-iomlan, thàinig sinn gun cho-dhùnadh gum bu chòir dhuinn £20.5 millean a cheadachadh gus cur san àireamh riochdachaidhean Uisge na h-Alba air a' chosgais reusanta as ìsle ann an coileanadh cinn-uidhe Riaghaltas na h-Alba a thaobh leasachadh air mathas uisge òil.

Leasachadh àrainneachdail

Dh'iarr Uisge na h-Alba £0.3 millean às aonais seilbhe gus cinn-uidhe Riaghaltas na h-Alba airson leasachadh na h-àrainneachd a liubhairt. Tha seo air sgàth lùghdachadh anns an àireamh de thoraidhean air an robh feum gus Riaghailtean Ghnìomhan fo Smachd a thoirt gu buil. Sheall am mion-sgrùdadh againn gun robh lùghdachadh nas àirde reusanta dìreach le bhith beachdachadh air a' cho-roinn de thoraidhean a bha fhathast riatanach. Mar sin, lùghdaich sinn an t-suim a bha san àireamh airson seilbh san raon seo le £2.4 millean.

Anns an Dreach Co-dhùnaidh againn, chuir sinn an aghaidh molaidhean Uisge na h-Alba airson Loch Rìoghaine. Cha robh e air a dhearbhadh dhuinn gun robh fianais gu leòr ann gum biodh a' phròiseact seo a' liubhairt nam buannachdan àrainneachdail a bha a dhìth no gu bheil e cunbhalach le dleastanas Uisge na h-Alba a bhith mothachail do leasachadh seasmhach. Bha sinn a' tuigsinn gu bheil dleastanas laghail air an Riaghaltas an ìre uisge mhaorach ann an Loch Rìoghaine a choileanadh agus cheadaich sinn airson an tuairmse cosgais an lùib an leasachaidh a bha air a mholadh. Ach bha an cuibhreann againn umhail do dha a bhith air a dhearbhadh gun robh am fuasgladh a bha air a mholadh co-chòrdail ri dleastanasan Uisge na h-Alba a thaobh leasachadh seasmhach.

²⁵ 'S e a th' ann am 'moibeanadh' ach gnìomhan glanaidh agus a' toirt seirbheis air ais do phìoban uisge fo-thalamh.

²⁶ Airson teagamh sam bith a sheachnadh, tha an cuibhreann seo a' gabhail a-steach riatanasan togalaichean 'Seòrsa A' ('s e sin an fheadhainn a tha a' solarachadh uisge don phoball) agus togalaichean 'Seòrsa B' (dachaighean prìobhaideach).

Fhuair sinn àireamh de riochdachaidhean a thaobh cudromachd na h-obrach aig Loch Rìoghaine a dhol air adhart. Chuir feadhainn eile taic ris an dòigh eile a bh' againn.

Tha Riaghaltas na h-Alba air fios a chur thugainn a-nis gu bheil e air òrdachadh do dh'Uisge na h-Alba tòiseachadh air an obair aig Loch Rìoghaine. Air sgàth Stiùiridhean Riaghaltas na h-Alba, thàinig sinn gun cho-dhùnadh gum feum an obair a dhol air adhart ach tha sinn a' dèanamh sin leis an tuigse shoilleir nach pàigh luchd-ceannach dà thuras airson nan leasachaidhean riatanach, ma dhearbhas na molaidhean làithreach gu bhith neo-èifeachdach. A dh'aindeoin dleastanas laghail Riaghaltas na h-Alba, tha sinn a' faicinn an t-seilbh aig Loch Rìoghaine mì-chothromach agus eisimpleir mì-fhortanach de dhòigh nach eil iomlan air leasachadh ar n-àrainneachd, a' gabhail a-steach freagairt do agus maothachadh air buadhan atharrachadh gnàth-shìde.

Tha Uisge na h-Alba air comharrachadh gu bheil e a-nis air na fuasglaidhean a mhìneachadh air a bheil feum gus toraidhean na h-ama 2010-15 a choinneachadh ag èirigh a-mach à Bile Làimhseachadh Cunnart Thuiltean. Bidh na toraidhean sin a-nis air an gabhail a-steach do na pròiseactan a tha rin sgrùdadh le Buidheann Sgrùdadh Thoraidhean (OMG)²⁷.

Gu h-iomlan, cho-dhùin sinn, an dèidh beachdachadh gu cùramach air riochdachaidhean Uisge na h-Alba, gum bu chòir dhuinn an cuibhreann seilbhe a lùghdachadh le £2.4 millean gus cunntas a gabhail air na toraidhean lùghdaichte a bha a dhith san sgìre seo.

Gleidheadh calpa

Na riochdachaidhean, dh'aontaich Uisge na h-Alba gun robh an £220 millean sa bhliadhna a bha air a mholadh anns an Dreach Co-dhùnaidh iomchaidh, mura robh an cuibhreann gu bhith a' gabhail a-steach seilbh co-cheangailte ri tuileachadh thogalaichean a-staigh, glanadh prìomh phìoban uisge agus rannsachaidhean lìonraidh. An àite sin, mhol Uisge na h-Alba gum bu chòir na gnìomhan sin a bhith air an seòrsachadh (agus air an ionmhasachadh) mar 'àrdachadh calpa', ann an co-chòrdadh ri gnàth-chleachdadh ann an Sasainn agus sa Chuimrigh.

Ghabh sinn ris an argamaid seo ann am pàirt. Cho-dhùin sinn gum bu chòir pàirt (40%) den t-seilbh airson tuileachadh thogalaichean a-staigh agus cosgaisean rannsachadh lìonraidh uile, a bhith seòrsaichte fhathast mar gleidheadh calpa, mar a bha air a mholadh leis an Dreach Co-dhùnadh.

A thaobh glanadh prìomh phìoban uisge, tha sinn a' cumail ris a' bheachd gu bheil seo mar-thà air a gabhail a-steach ann an gleidheadh calpa. Ach, air sgàth riochdachaidhean Uisge na h-Alba tha sinn air cuibhreann eile a thoirt fa-near airson prògram glanaidh prìomh phìoban uisge (£19.4 millean) le bhith a' gabhail a-steach cur-ris neo-àbhaisteach don chuibhreann gleidhidh calpa againn. Bhitheamaid an dùil gum biodh na cosgaisean sin san àm ri teachd mar phàirt de chosgaisean bunaiteach gleidhidh calpa. Tha aig Uisge na h-Alba ri aithris don DWQR nuair a bhios am prògram obrach seo crìochnaichte.

²⁷ Tha Buidheann Sgrùdadh Thoraidhean air a dhèanamh suas de riochdairean bho Riaghaltas na h-Alba, Uisge na h-Alba, SEPA, DWQR, FaireUisge na h-Alba agus Coimisean Gnìomhachas Uisge na h-Alba. Tha e a' coinneachadh gach ràithe gus adhartas Uisge na h-Alba ann an liubhairt cinn-uidhe an Riaghaltais a sgrùdadh.

Mar sin, tha ar cuibhreann gleidhidh calpa iomlan airson 2010-15 a-nis aig £1,119.4 millean.

Fàs

Dh'iarra Uisge na h-Alba tuilleadh seilbhe de £28 millean airson an fheumalachd air ceanglaichean ùra gun lìonra uisge is òtrachais a choileanadh. Bha seo co-cheangailte ris a' chuibhreann airson clàr tuileachaidh sàibhear a-staigh a chumail aig ìre a' Mhàirt 2010. Mheudaich sinn ar cuibhreann le £12.8 millean. Tha seo a' nochdadh ar beachd gu bheil eileamaid de na cosgaisean sin air a gabhail a-steach mar-thà don chuibhreann gleidhidh calpa.

An comas air èifeachdas

Fhuair sinn riochdachaidhean bho Uisge na h-Alba air an ìre de dh'èifeachdas calpa a bha air a chur don Dreach Co-dhùnaidh. Bha iad sin a' gabhail a-steach dùbhlain teicnigeach agus ceistean mu mheud an leasachaidh a bha sinn air iarraidh. Tha am mion-sgrùdadh ath-ùraichte againn, a' toirt fa-near fiosrachadh às ùr agus na puingeann a chaidh a thogail le Uisge na h-Alba, a' nochdadh dùbhlain èifeachdais iomlan san Dreach Co-dhùnaidh de 14.5%. Tha seo a' tighinn gu lùghdachadh de £18.7 millean san dùbhlain a chur sinn san Dreach Co-dhùnaidh.

Cinn-uidhe ath-leasaichte Riaghaltas na h-Alba do 2010-15

Tha cinn-uidhe²⁸ crìochnaichte Riaghaltas na h-Alba a' gabhail a-steach riatanasan ùra. Tha iad sin a' gabhail a-steach:

- àireamh de nithean a bha air an seòrsachadh roimhe mar 'Prìomhachas 2'²⁹ aig àm nan dreach cinn-uidhe, a' gabhail a-steach cheumnan a thaobh maothachadh agus freagarrachadh air atharrachadh gnàth-shìde;
- fàs anns an àireamh de luchd-ceannach ceangailte sa chòigeamh bliadhna den ùine smachd riaghlaidh; agus
- tuilleadh phrìomhachasan uisge òil air an comharrachadh san ùine às dèidh an Dreach Co-dhùnaidh.

Dh'iarra uisge na h-Alba £81 millean gu h-iomlan (ro-èifeachdas) gus na cinn-uidhe ùra sin a choileanadh agus solar mu choinneamh fàs ann am Bliadhna 5. Tha seo a' roinn timcheall air £47 millean airson cinn-uidhe ùra agus £34 millean air fàs.

Tha an seilbh air a mholadh le Uisge na h-Alba gus na cinn-uidhe ùra a choileanadh a' gabhail a-steach pròiseact aig Loch Aic, a tha sinn air a leigeil às gus an tig an t-àm far a bheil seilbh sam bith air fhaicinn reusanta.

'S e ar beachd gum bu chòir cuibhreann de £30.3 millean a bhith iomchaidh gus cothrom a thoirt do dh'Uisge na h-Alba an tuilleadh seilbh ann am fàs a liubhairt a tha riatanach mu choinneamh cinn-uidhe ath-leasaichte Riaghaltas na h-Alba.

²⁸ Tha na cosgaisean san earrann seo air an ainmeachadh, far a bheil sin iomchaidh, ro dhùbhlain èifeachdais a' Choimisein.

²⁹ Ann an dreach nan cinn-uidhe, bha nithean 'Prìomhachas 2' air an seòrsachadh le Riaghaltas na h-Alba mar riatanach ach dh'fhaodadh iad, a rèir an luchd-seilbh, a bhith air an cur gu aon taobh airson ùine seilbhe eile a leanadh. Tha cinn-uidhe deireannach Riaghaltas na h-Alba air co-dhùnadh air n nithean 'Prìomhachas 2' a bu chòir a bhith air an liubhairt san ùine 2010-15.

Ann an ath-bhreithneachadh ar Dreach Co-dhùnaidh, thug sinn fa-near nach eil cunntas cothromach air a dhèanamh air teachd-a-steach a fhuair Uisge na h-Alba tro 'cìsean bun-structair' bho leasachaidhean ùra. Tha an teachd-a-steach seo ga chleachdadh gus 'bun-fhàis' a mhaoineachadh, far a bheil feum air ath-neartachadh lionraidh nach urrainnear a cheangal ri leasachadh sònraichte sam bith. Tha sinn a' dùileachadh gum fuirich an teachd-a-steach bliadhna a tha a' tighinn bho chìsean bun-structair, timcheall air £10 millean. Tha sinn a' cur san àireamh £25 millean a bharrachd de sheilbh ann am pròiseactan bun-fhàis ann an 2010-15.

Tha ar cuibhreann iomlan a bharrachd mu choinneamh cinn-uidhe ath-leasaichte Riaghaltas na h-Alba agus planadh airson fàs, a-nis dìreach fo £97 millean (ro-èifeachdas).

Achd Atharrachaidh Gnàth-shìde (Alba) 2009

Tha ar freagairt do na dleastanasan rin cur ri maothachadh air atharrachadh gnàth-shìde air am mìneachadh san earrann 'A' cruthachadh gnìomhachas uisge nas uaine ann an Alba' gu h-ìosal.

Tramaichean Dhùn Èideann

Thog riochdachaidhean Uisge na h-Alba gun robh e a' tarraing chosgaisean susbainteach mar thoradh air ath-thrèorachadh nam prìomh phìoban uisge is òtrachais, a tha riatanach a thaobh Pròiseact Thramaichean Dhùn Èideann. Ghabh sinn a-steach an cuibhreann a bharrachd a chaidh iarraidh de £8 millean. Ach, tha sinn a' toirt fa-near gur e cosgais a bharrachd a tha seo sa phròiseact, a dh'fheumas a bhith air a ghiùlain le luchd-ceannach uisge ann an Alba fo rèiteachaidhean laghail an latha an-diugh.

Leasachaidhean aig ionad-obrach Dhail Mhoire

Tha ar cuibhreann seilbhe air a mholadh airson Dail Mhoire air a mhìneachadh san earrann PPP gu h-àrd.

Crìoch air seilbh a thòisicheadh ron Ghiblean 2010

Tha ar cuibhreachadh chìsean a tha gan gabhail san àireamh ag ionmhasachadh crìoch air an t-seilbh a bhios Uisge na h-Alba air tòiseachadh ron Ghiblean 2010. Chan eil sinn a' solar cuibhreann sam bith eile mu choinneamh atmhorachd caiteachais calpa, gus am bi luchd-ceannach air an dìon. Bidh sinn a' dèanamh sgrùdadh mionaideach air liubhairt an t-seilbhe seo.

Geàrr-chunntas air an t-seilbh cho-cheadaichte

Tha Clàr 9 a' mìneachadh nam pàirtean anns a' mheasadh iomlan againn air seilbh ceadaichte airson na h-ùine smachd riaghlaidh chòig bliadhna. Ann a bhith a' tighinn gu na co-dhùnaidhean sin, chan eil sinn air feuchainn ri cothrom Uisge na h-Alba a thuairmseadh a thaobh stiùireadh ro-innleachdail a leasachadh no planadh air liubhairt a' phrògram caiteachais calpa.

Clàr 9: Geàrr-chunntas air seilbh co-cheadaichte (prìsean 2007-08)

	Seilbh co-cheadaichte san Dreach Co-dhùnaidh 2010-15	Atharrachaidhean air iarraidh le Uisge na h-Alba	Atharrachaidhean co-cheadaichte san Dreach Co-dhùnaidh	Cuibhreann airson a' Chodhùnaidh Dheireannach
Mathas uisge òil	£361.0m	£41.8m	£20.5m	£381.5m
Leasachaidhean àrainneachdail	£406.7m	-£0.3m	-£2.4m	£404.3m
Fàs	£176.6m	£28.0m	£12.8m	£189.4m
Prìomhachasan seilbhe eile	£53.9m	0.0m	£0.0m	£53.9m
Seilbh iomlan ro-èifeachdais	£998.2m	£69.5m	£30.9m	£1,029.1m
Dùbhlann èifeachdais	-£154.5m	£12.4m	£18.7m	-£135.8m
Seilbh àrdachaidh iar-èifeachdais iomlan	£843.7m	£81.9m	£49.6m	£893.3m
Gleidheadh calpa	£1,100.0m	£0.0m	£19.4m	£1,119.4m
Seilbh iomlan iar-èifeachdais	£1,943.7m	£81.9m	£69.0m	£2,012.7m
Crioch air prògraman seilbhe ³⁰	£169.0m	£0.0m	£0.0m	£169.0m
Seilbh 'Toiseach Tràth' na h-ath ùine smachd riaghlaidh ³¹	£38.6m	£0.0m	£0.7m	£39.3m
Toraidhean a bharrachd ri sònrachadh le OMG	£245.0m	-£73.4m	-£65.0m	£180.0m
Cuibhreann san Dreach Co-dhùnaidh	£2,396.3m			
Cinn-uidhe ath-leasaichte Riaghaltas na h-Alba (iar-èifeachdais) a' gabhail a-steach Bliadhna 5 agus bun-fhàis	£0.0m	£73.4m	£88.8m	£88.8m
Freagairt a' Choimisein do Achd Atharrachadh Gnàth-shìde (Alba) 2009	£0.0m	£0.0m	£15.0m	£15.0m
Cosgaisean co-cheangailte ri pròiseact Thramaichean Dhùn Èideann	£0.0m	£8.0m	£8.0m	£8.0m
Fuasgladh aig Dail Mhoire	£0.0m	£0.0m	£30.0m	£30.0m
Seilbh ùr iomlan	£2,396.3m	£89.9m	£146.5m	£2,542.7m

³⁰ S e seilbh-airgid a th' ann an 'còrr-seilbh' bho ùineachan smachd riaghlaidh eile.

³¹ 'Toiseach Tràth': 'S e seilbh a tha seo mu choinneamh ìrean tràth na pròiseict a bhios crìochnaichte san ath ùine smachd riaghlaidh. Tha e a' toirt comas do dhealbhan nas soilleire air liubhairt seilbh calpa agus bu chòir dha a bhith na chuideachadh do dh'Uisge na h-Alba ann an leasachadh èifeachdais.

A' cruthachadh gnìomhachas uisge nas uaine ann an Alba

Tha sinn dealasach a thaobh leasachadh àrainneachdail adhartachadh, agus gnìomhan co-cheangailte ri maothachadh air atharrachadh gnàth-shìde a tha gu leas air an luchd-ceannach. Tha sinn mothachail cuideachd do ar dleastanasan san àm ri teachd fo Achd Atharrachaidh Gnàth-shìde (Alba) 2009.

Mar sin, tha an Co-dhùnadh Deireannach seo a' gabhail a-steach raon de cheumnan, a cheadaicheas do dh'Uisge na h-Alba gnìomhachas uisge nas seasmhaiche a choileanadh dhan àm ri teachd agus buaidh a chuid obraichean air atharrachadh gnàth-shìde a lùghdachadh. Chuir àireamh de fhreagairtean do ar Dreach Co-dhùnaidh fàilte air ar an dòigh a chuireas sinn taic ri leasachadh seasmhach agus chuir iad ìmpidh oirnn tuilleadh a dhèanamh a thaobh seo. Tha ar Co-dhùnadh Deireannach a-nis a' gabhail a-steach:

- £20 millean airson ceumnan maothachaidh atharrachadh gnàth-shìde tro mheudachadh air gineadh cumhachd ath-nuadhachail agus airson raon de sgrùdaidhean gus fuasglaidhean nas seasmhaiche a stèidheachadh airson an àm ri teachd;
- £2 mhillean gus fuasglaidhean nas seasmhaiche agus nas èifeachdaich a thaobh cosgais a chomharrachadh gus dèiligeadh ri cryptosporidium;
- £3 millean sa bhliadhna gus rianachd fearainn seasmhach a chomharrachadh agus obrachadh ann an còig àitean tionail uisge;
- £2 mhillean de sheilbh agus £1 mhillean sa bhliadhna de chosgaisean obrachaidh gus tùs-dheuchainnean mheidheadairean a chur air bhonn air feadh Alba, a' gabhail a-steach buaidh air cleachdadh uisge;
- £5 millean airson luchd-leasachaidh a spreagadh gus ceumnan a thaobh èifeachdas uisge a ghabhail os làimh ann an taigheadas ùr agus ath-leasaichte;
- £8 millean de dh'airgead seilbhe agus £1 mhillean sa bhliadhna de chosgaisean obrachaidh gus leasachadh air cothroman 'Earrann 29E'³² a bhrosnachadh, a tharraingear fuasglaidhean nas seasmhaiche a thuilleadh air lùghdachadh air cosgaisean; agus
- raon de sgrùdaidhean, a' gabhail a-steach:
 - sgrùdadh ion-dhèantachd air cothroman teas is cumhachd co-cheangailte aig maoinnean Uisge na h-Alba;
 - a' comharrachadh cothroman airson co-fhreagradh giullachd le suidheachaidhean àrainneachdail;
 - a' rannsachadh roghainnean giullachd seasmhach, a' gabhail a-steach fearann fliuch agus leabaidhean cuilc; agus
 - làimhseachadh gualain.

Lùghdachadh aoidionachd

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil Uisge na h-Alba air toiseach math a dhèanamh ann an gabhail a-steach aoidionachd do a ro-innleachd eagrachail agus a' dèiligeadh leis an ìre do-ghabhalach de aoidionachd a bh' ann ann an 2006. Mar a thug sinn fa-near san aithisg³³

³² Thug Earrann 29E de Achd nan Seirbheisean Uisge (Alba) 2005 cothrom sònraichte mu choinneamh isleachadh phrìsean don luchd-ceannach aig deireadh na loidhne, a tha a' dèanamh rudeigin gus cosgaisean a lùghdachadh a chaidh a tharraing leis a' mhòr-reiceadair.

³³ Aithisg Seilbhe 2008-09, An t-Samhain 2009

seilbhe mu dheireadh againn, chaidh ùisge na h-Alba thairis air an targaid lùghdachaidh aoidionachd ann an 2008-09.

Nar beachd-ne, chan eil lùghdachadh aoidionachd a-mhàin reusanta – lùghdachadh chosgaisean obrachaidh agus caiteachas calpa – ach cuideachd a' cur ri liubhairt dhleastanasan Uisge na h-Alba a thaobh leasachadh seasmhach agus maothachadh air atharrachadh gnàth-shìde.

Tha sinn airson gun toir Uisge na h-Alba piseach air a thuigse air aoidionachd agus a chosgaisean gus am bi comas aige a chur an gnìomh aig ìre ionadail far a bheil sin iomchaidh. Bu chòir do dh'Uisge na h-Alba cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil a ro-innleachd aoidionachd co-shìnte gu h-iomlan ri a ghleidheadh maoin agus planadh feabhasachaidh. Tha sinn draghail nach eil coileanadh aoidionachd fhathast air a ghabhail a-steach gu h-iomlan ann an ro-innleachd na buidhne.

Tha tuilleadh obrach a dhìth, ach 's e ar beachd aig an àm seo gum biodh e reusanta do dh'Uisge na h-Alba ìre aoidionachd 2008 a lùghdachadh (802 ML/latha) gu àireamh gu math nas ìsle na 500 ML/latha ro dheireadh na h-ùine smachd riaghlaidh.

Dh'fhaodadh gur e tuilleadh lùghdachaidh air ìrean aoidionachd a bhios na thoradh air an obair againn ann an tuigsinn tricead chosgaisean sa ghnìomhachas³⁴. Bidh adhartas san raon seo air a ghabhail a-steach don fhiosrachadh às ùr mu ar beachdan, air a bheil iomradh gu h-àrd.

Lùghdachadh in-shìoladh

Bu mhath leinn gum beachdaich Uisge na h-Alba air na buadhan a tha aig in-shìoladh air an lìonra uisge caithte, gu h-àraid mar phàirt de na rannsachaidhean air drèanadh ro-innleachdail Ghlaschu. Bhiodh dùil againn ri adhartas fhaicinn anns an ìre lùghdachaidh air in-shìoladh.

Gu h-iomlan, tha sinn a' faicinn ionmhasachadh raon sònraichte de dh'obair rannsachaidh san ùine 2010-15 mar chuideachadh cudromach a dh'ionnsaigh gnìomhachas uisge nas seasmhaiche ann an Alba.

Meudachadh meidheadaireachd

Leis a' cheangal shoilleir eadar na meudan uisge air an caitheamh ann an làraich taigheadais is neo-thaigheadais agus an làrach truailidh, tha sinn a' creidsinn gum faodadh dearbhadh deimhinnte a bhith ann airson meidheadaireachd chaomhantach a thoirt a-steach. Tha seo a' mìneachadh ar n-ionmhasachadh air deuchainnean farsaing meidheadairean. Tha sinn airson gum bi gnìomhachas uisge na h-Alba a' toirt fa-near an obair a chaidh a dhèanamh le goireasan cumhachd nan iomairt meidheadaireachd a tha ri teachd. Dh'fhaodadh seo cuideachadh le cosgaisean aonaid meidheadaireachd a lùghdachadh agus a dhèanamh nas tarraingiche do luchd-ceannach agus mar inneal ann an adhartachadh seasmhachd.

³⁴ Chan eil a leithid sin de leasachaidhean air an ionmhasachadh sa cho-dhùnadh seo ach far a bheil feallsanachd soilleir eaconamach air tuilleadh adhartais.

Ag adhartachadh taghadh

Tha e a' sìor fhàs follaiseach gu bheil toirt a-steach farpais do ghnìomhachas an uisge ann an Alba air buannachdan susbainteach àrainneachdail a tharraing. Chan fheum luchd-ceannach neo-thaigheadais gabhail a-nis ri seirbheis 'aon seòrsa do na h-uile' a bha air a thairgsinn roimhe. Tha mòran luchd-ceannach airson an làrach truailidh agus àrainneachdail a lùghdachadh, agus is urrainn do sheirbheis uisge is òtrachais nas freagarraiche pàirt cudromach a ghabhail a thaobh seo. Tha ceangal soilleir eadar sgaoilidhean gualain agus cleachdadh air uisge òil. Tha cothroman ann:

- cleachdaidhean nas seasmhaiche a thaobh drèanadh a ghabhail os làimh
- uisge air ath-chuartachadh/ath-fhaotainn a chleachdadh; agus
- lùghdachadh cuideam air cleachdadh aig àrd-amannan le bhith a' meudachadh in-stòradh

Chan e a-mhàin gu bheil taghadh de sholaraidhean ann a-nis a tha airson a bhith ag obair le luchd-ceannach gus na buannachdan sin a choileanadh, ach tha brosnachaidhean ionmhasail soilleir ann cuideachd do sholaraidhean agus luchd-ceannach.

Tha fianais làidir bho na suirbhidhean³⁵ gu bheil luchd-ceannach dualtach a bhith nas deònaiche pàigheadh airson leasachadh àrainneachdail leanailteach ma tha roghainn solaraiche aca agus gun gabh na solaraichean sin orra dòigh dèiligidh a tha a' cuimseachadh air an neach-ceannach.

Ùr-ghnàthachadh ann an conn-riaghladh

Tha sinn dealasach a thaobh leasachadh ar riaghlaidh air gnìomhachas uisge na h-Alba agus a' meudachadh a chuid air toraidhean a tha cudromach do luchd-ceannach agus an àrainneachd. Anns a' Cho-dhùnadh Dheireannach seo, dh'ionmhasaich sinn seilbh susbainteach neo-riaraichte, (£180 millean den t-seilbh iomlan ann an àrdachadh coileanadh a' ghnìomhachais). Tha an iomairt seo a' ceadachadh freagairtean àmail a thoirt nuair a tha cruaidh fheum air cur-an-seilbh agus air feumalachdan deatamach a choileanadh, a chaidh a chomharrachadh tro rannsachaidhean neartmhor air adhbharan co-cheangailte ri cunnartan àrainneachdail agus slàinte a' phobail. Tha am modh-obrach seo a' lùghdachadh cuideam a thaobh riarachadh ghoireasan ro thrath agus a thaobh prìomhachasan nach eil ro chudromach agus a tha, san fhad-ama, gun a bhith cho faochnach. Mar eisimpleir, fhuair sinn air dàil a chur air co-dhùnadh a thaobh ionmhasachadh leasachaidhean aig Loch Aic, air an tug sinn iomradh na bu tràithe. Tha e a' toirt a' chathroim cuideachd freagairt àmail agus èifeachdach do thoraidhean nan rannsachaidhean air drèanadh Ghlaschu a tha ga chur an gnìomh an ceartuair.

Tha sinn a' dùileachadh gun stèidhich OMG, le aonta bho Riaghaltas na h-Alba, a' phròiseas leis am faighear air na prìomhachasan airson an t-seilbh neo-riaraichte seo a chomharrachadh, a mheasadh agus aontachadh. Mura bi e air a shònrachadh gu h-iomlan no mura bi feum air, bidh sinn a' sireadh gu co-dhùnadh eadar-amail air cuibhreachadh chìsean a thoirt gu buil. Mura bi feartan buntainneach sam bith eile ann, dh'ìslicheadh seo

³⁵ Mar eisimpleir iomraidhean ann an cuid de Aithrisean Stiùiridh Ro-innleachdail nan companaidhean uisge is òtrachais mu dheas agus bho Chomhairle Luchd-caitheamh Uisge.

tuilleadh meud chunntasan luchd-ceannach. Dh'fhaodadh e lùghdachadh a thoirt cuideachd air feum a' ghnìomhachais air caiteachas poblach.

Tha ar n-obair ann an ath-bhreithneachadh mionaideach air tricead chosgaisean sa ghnìomhachas a' nochdadh gur dòcha gu bheil tuilleadh ann a dh'fhaodadh an gnìomhachas a bhith a' dèanamh, a rèir na th' aige de mhaoin an-dràsta, gus a choileanadh àrainneachdail a leasachadh agus cunnartan atharrachadh gnàth-shìde a mhaothachadh. Tha rùn againn obrachadh còmhla ri Uisge na h-Alba gus cunntasachd neartmhor air sgaradh a ghnìomhan a thoirt gu buil.

Ag obair le luchd-leasachaidh togalaich is talmhainn

Tha dùil againn buidheann obrach a stèidheachadh le luchd-leasachaidh togalaich is talmhainn gus na cothroman a th' ann, mar thoradh air Achd nan Seirbheisean Uisge 2005, a rannsachadh, agus na cuibhreannan a tha sinn air a ghabhail a-steach gus modhan-obrach nas seasmhaiche a ghabhail os làimh a thaobh rianachd uisge aig leasachadh oighreachdan ùra.

Crìoch agus na h-ath cheumannan

Tha sinn a' creidsinn gu bheil ar Co-dhùnadh Deireannach math do luchd-ceannach; math don àrainneachd ann an Alba; agus math do dh'eaconamaidh na h-Alba anns an àm mì-chinnteach seo. Tha e a' ceadachadh do dh'Uisge na h-Alba cuideachd togail air na tha e air a choileanadh thar nan seachd bliadhna a dh'fhalbh. Tha freagairt èifeachdach Uisge na h-Alba do na dùbhlain a chaidh a chur ma choinneamh leis na riaghladairean na nì a bheir cliù don Bhòrd, an sgioba stiùiridh agus an luchd-obrach. Gun teagamh sam bith, 's e sgeulachd soirbheachaidh a th' ann don roinn phoblach.

Ach tha an coileanadh sin, ge b' e cho barraichte agus a bha e, a-nis seachad mar chùis eachdraidh. Tha sinn a' dùileachadh dha Uisge na h-Alba togail air an t-soirbheachadh sin agus taisbeanadh gun urrainn dha an t-seirbheis a tha e a' solar don luchd-ceannach, a chumail suas agus a leasachadh nas motha. Bu chòir do dh'Uisge na h-Alba an ath chòig bliadhna a chleachdadh a' dèanamh cinnteach gu bheil a liubhairt air caiteachas calpa ann an co-chòrdadh ris a' choileanadh a tha e air a thoirt gu buil ann an liubhairt inbhean seirbheis leasaichte agus lùghdachadh chosgaisean obrachaidh.

Tha crìoch air a' chùmhnant riaghlaidh agus sgrùdaidh a tha air a chur sìos ann an Eàrr-ràdh 2, mar phrìomh phàirt de leantainn air adhart le leasachadh air coileanadh gnìomhachas uisge na h-Alba. Tha an Eàrr-ràdh a' mìneachadh nam prìomh chomharran coileanaidh a bhios sinn a' sgrùdadh, agus an dòigh sam bi sinn ag aontachadh nan ciad chlachan-mìle eadar-amail, agus gan ath-sgrùdadh, ma dh'fheumar. Tha sinn ga mheas deatamach gu bheil Bòrd-stiùiridh Uisge na h-Alba agus an Coimisean le chèile a' cleachdadh an fhiosrachaidh cheudna nam measaidhean coileanaidh. Bidh an dreach deireannach den chùmhnant air fhoillseachadh air an làrach-lìn againn cho luath 's a bhios e air a chur à làmhnan Bòrd Uisge na h-Alba agus a' Choimisean.

Na h-ath cheumannan

Tha a' chòir aig Uisge na h-Alba ath-thagradh an aghaidh a' chuibhreachadh chìsean a tha air am mìneachadh sa Cho-dhùnadh Dheireannach seo. Faodaidh e iarraidh òirnn an co-dhùnadh seo a chur gu Coimisean nam Farpaisean an taobh a-staigh 60 latha bho àm foillseachaidh.

Dh'fheumadh Coimisean nam Farpaisean an uair sin co-dhùnadh a bheil no nach eil a' chosgais iomlan reusanta as ìsle ann an liubhairt cinn-uidhe Riaghaltas na h-Alba, co-ionnan ri, nas àirde no nas ìsle na a' chosgais a tha sinn air a mhìneachadh sa Cho-dhùnadh Dheireannach. Bheireadh Coimisean nam Farpaisean cunntas air na h-aon chuspairean 's a tha sinne air iomradh.

Bhiodh co-dhùnaidhean Coimisean nam Farpaisean daingeann, le ùmhlachd do ath-sgrùdadh laghail anns a' Chùirt. Gus an tig Coimisean nam Farpaisean gu co-dhùnadh, bhiodh an cuibhreachadh chìsean mìnichte sa Cho-dhùnadh Dheireannach seo a' seasamh. Ann an da-rìribh, tha seo a' ciallachadh nach biodh buaidh aig tar-chur gu Coimisean nam Farpaisean air cìsean luchd-ceannach ann an 2010-11.

Ma chuireas Uisge na h-Alba roimhe gabhail ris a' Cho-dhùnadh Dheireannach seo, deasaichidh e Plana Liubhairt do Riaghaltas na h-Alba. Bidh sinn a' coimhead ris a' phlana sin na clachan mìle eadar-amail ann an coileanadh a shuidheachadh, a bhite a' dùileachadh do dh'Uisge na h-Alba a choileanadh. Bidh sinn a' sgrùdadh mu choinneamh nan clachan mìle sin agus mu choinneamh nan toraidhean deireannach a thathar ag iarraidh bho Uisge na h-Alba sa Cho-dhùnadh Dheireannach seo.

EÀRR-RÀDH 1

Eàrr-ràdh 1: Cunntas farsaing air atharrachaidhean bhon Dreach Co-dhùnaidh agus am buaidh air luchd-ceannach

Tha an Eàrr-ràdh seo a' mìneachadh nam prìomh atharrachaidhean eadar an Co-dhùnadh Deireannach agus an Dreach Co-dhùnaidh a dh'fhoillsich sinn san Ògmhios. Tha na h-atharrachaidhean sin a' nochdadh nan riochdachaidhean a fhuair sinn bho luchd-seilbhe; fiosrachadh às ùr a thàinig am bàrr; agus na cinn-uidhe ath-leasaichte aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha Clàran A1 agus A2 a' toirt geàrr-chunntas air na prìomh atharrachaidhean eadar an Dreach agus an Co-dhùnadh Deireannach. Tha Clàr A1 a' mìneachadh nan atharrachaidhean aig a bheil buaidh air cunntasan luchd-ceannach. Tha Clàr A2 a' toirt cunntas air atharrachaidhean eile aig nach eil, fhad 's a tha iad san stuth seallaidh againn, buaidh dìreach air ìre nan cunntasan.

Clàr A1: Geàrr-chunntas air na prìomh atharrachaidhean ionmhasail eadar an Dreach agus an Co-dhùnadh Deireannach³⁶ (prìsean 2007-08):

Atharrachadh bhon Dreach Co-dhùnaidh	Buaidh ionmhasail thar chòig bliadhna	Buaidh ionmhasail thionalach thar chòig bliadhna ³⁷
Ar beachd air riochdachaidhean Uisge na h-Alba a thaobh cosgaisean obrachaidh.	£20m	£20m
Ar beachd air riochdachaidhean Uisge na h-Alba a thaobh caiteachas calpa co-cheadaichte.	£100m	£120m
Lùghdachadh ann an cùl-stòir bhannan ris a bheil dùil sa Mhàirt 2015.	-£49m	£70m
Lùghdachadh ann an cosgais rèidh co-cheadaichte, stèidhichte air fiosrachadh às ùr.	-£11m	£59m
Lùghdachadh ann an ìre seilbhe neo-shònraichte aig an àm seo.	-£65m	-£6m
Cleachdadh teachd-a-steach chìsean bun-structair.	-£50m	-£56m
Cinn-uidhe ùra Riaghaltas na h-Alba.	£89m	£33m
Cosgaisean a bharrachd air an giùlain le Uisge na h-Alba, mar thoradh air pròiseact Thramaichean Dhùn Èideann.	£8m	£41m
Iomairtean co-cheangailte ri ar dleastanasan fo Achd Atharrachaidh Gnàth-shìde (Alba) 2005.	£22m	£63m
Atharrachaidhean beaga eile. ³⁸	-£5m	£58m
Atharrachadh ann an teachd-a-steach bho luchd-ceannach.	£58m	£0m

³⁶ Tha an geàrr-chunntas seo a' mìneachadh nam buadhan ionmhasail aig atharrachaidhean air cosgaisean chuirte san àireamh, ach a' fàgail às buaidh ar beachdan ath-leasaichte mu choinneamh atmhòrachd ann an 2009-10.

³⁷ Dh'fhaodadh nach obraich na h-àireamhan air sgàth cruinneachadh.

³⁸ Tha eisimpleirean a' gabhail a-steach cìs corparaid, ath-chothromadh chìsean agus calpa obrachaidh.

Clàr A2: Geàrr-chunntas air na prìomh atharrachaidhean neo-ionmhasail eadar an Dreach agus an Co-dhùnadh Deireannach

Atharrachadh bhon Dreach Co-dhùnaidh	Dreach Co-dhùnaidh	Co-dhùnadh Deireannach
Ar beachd air riochdachaidhean Uisge na h-Alba air seirbheis luchd-ceannach	Dùil ri sgòr OPA de 389 ro 2013-14, a' meudachadh gu 400 ro 2014-15	Dùil ri sgòr OPA eadar 380-400 airson 2013-14, 2014-15 agus na bliadhnaichean às dèidh sin
Tar-aiseag ghnìomhan mòr-reic gu mion-reic: sealbh air meidheadair, ceanglaichean ùra agus rianachd sruthadh malairt	Air a phlanadh airson Giblean 2010	Ri eadar-ghluasad ron Ghiblean 2012; buidhnean obrach rin stèidheachadh
Leasachadh air cùmhnant conn-riaghlaidh is sgrùdaidh	Chan eil e san Dreach Co-dhùnaidh	Anns a' Cho-dhùnadh Dheireannach
Neart ionmhasail san àm ri teachd	Chan eil e san Dreach Co-dhùnaidh	Anns a' Cho-dhùnadh Dheireannach

Èarr-ràdh 2: An cùmhnant riaghlaidh is sgrùdaidh

'S e adhbhar a' chùmhnaid seo na prìomh fheartan a mhìneachadh, a bhios Coimisean Gnìomhachas Uisge na h-Alba a' sgrùdadh thar na h-ùine smachd riaghlaidh a tha ri tighinn. 'S e an t-amas a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi an Coimisean agus Uisge na h-Alba a' cleachdadh am prìomh fhiosrachadh ceudna ann an aithris agus mion-sgrùdadh coileanadh Uisge na h-Alba do na Bùird-stiùiridh aca. Tha e air aontachadh gum bu chòir don fhiosrachadh seo a bhith cunbhalach, co-rèireach, cuimsichte agus a' cur san àireamh aithris osgarra air coileanadh mu choinneamh Ath-sgrùdadh Ro-innleachdail air Cìsean 2010-15.

Ro-bhriathar

Le bhith a' gabhail ri Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail Chìsean aig a' Choimisein, tha Uisge na h-Alba ag aontachadh ri liubhairt, anns na raointean-ama a tha mìnichte ann am Plana Liubhairt 2010, no air an leasachadh an dèidh làimhe tro aonta leis a' Choimisean, na toraidhean uile a tha anns an Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail air Cìsean.

Thathar a' tuigsinn gur dòcha gum bi Bòrd-stiùiridh Uisge na h-Alba ag iarraidh targaidean nas dùbhланаiche a shuidheachadh don bhuidheann na na targaidean a tha anns a' chùmhnaid. Cha bhi an Coimisean ge-tà ach a' sgrùdadh coileanadh Uisge na h-Alba mu choinneamh Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail air Cìsean agus Planaichean Liubhairt Uisge na h-Alba.

Bidh Uisge na h-Alba agus an Coimisean ag aontachadh cùisean teicnigeach agus dòighean obrach a tha a' toirt buaidh air fiosrachadh riaghlaidh a tha air aithris. Chan eil an t-aonta seo a' toirt buaidh air sgrùdadh bliadhna a' Choimisein tro Chunntasan Riaghlaidh agus an Cunntas Bliadhna, no air an rèim sgrùdaidh a tha air obrachadh le Buidheann Sgrùdadh Thoraidhean (OMG). Ach, thathar a' tuigsinn gur dòcha gum bi OMG, an ceann ùine, ag iarraidh ath-bhreithneachadh air an rèim aige mar thoradh air a' chùmhnaid seo.

Tha Uisge na h-Alba agus Coimisean Gnìomhachas Uisge na h-Alba ag aontachadh:

1. Cleachdadh iad an aon fhiosrachadh sìmplidh, earbsach agus aon-seaghach agus aontaichidh iad air mìneachadh dheth ro thoiseach na h-ùine smachd riaghlaidh.
2. Àrdaichidh cuimse choitcheann air taobhan deatamach den Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail air Cìsean:
 - tuigse do agus conaltradh mu adhartas Uisge na h-Alba;
 - sgrùdadh fiosraichte air adhartas le Bòrd Uisge na h-Alba; agus
 - iomradh fiosraichte leis a' Choimisean air adhartas

Tha na nithean air an liostadh ann an Clàr 1 a' dèanamh suas na taobhan as deatamaiche den aonta seo. Tha Clàr 2 a' liostadh prìomh thoraidhean riaghlaidh eile agus tha Clàr 3 a' liostadh chosgaisean.

3. Bidh iad ag obair còmhla gus cruthan sìmplidh a leasachadh gus am fiosrachadh seo a thaisbeanadh do am Bùird ro dheireadh an Ògmhios 2010. Tha Uisge na h-Alba ag aontachadh fiosrachadh slàn a sholar ann an Clàran 1, 2 agus 3 an taobh a-staigh 22 latha obrach de deireadh gach ràithe, agus taisbeanaidhean a ghineadh a' cleachdadh chruthan a bhios air an aontachadh leis a' Choimisean.
4. 'S e Plana Liubhairt aontaichte 2010 Uisge na h-Alba am prìomh phàipear mu choinneamh a bhithear a' sgrùdadh adhartas a dh'ionnsaigh làn liubhairt air Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail air Cìsean (a' gabhail a-steach soidhnigeadh dheth leis an sgrùdaire mathais buntainneach). Mar sin, tha Uisge na h-Alba ag aontachadh ri a ro-mheasaidhean bliadhnail a chur sìos a thaobh liubhairt den Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail air Cìsean, thar na h-ùine iomlan smachd riaghlaidh 2010-15 na Phlana Liubhairt 2010. Tha e ag aontachadh cuideachd na ro-mheasaidhean a tha san amharc a chur a-steach ro dheireadh an Fhaoilich 2010 airson aonta leis a' Choimisean. Bheir Uisge na h-Alba cunntas às ùr air na geàrr-thuairisgeulan sin anns gach Plana Liubhairt bliadhnail às dèidh sin.
5. Faodaidh pàrtaidh seach pàrtaidh an sònrachadh, mìneachadh, bunait tomhais no bunait sgrùdaidh nithean ann an Clàran 1-3 atharrachadh, le ùmhlachd do aonta na feadhna eile. Far a bheil atharrachadh ga dhèanamh, nithear aithris air an t-seann bhunait agus air a' bhunait ùr, gus a bheil buaidh an atharrachaidh a chaidh aontachadh fosgailte.

Clàr 1: Toraidhean deatamach riaghlaidh – liubhairt cinn-uidhe Riaghaltas na h-Alba

Raon coileanaidh	Cuspair ga sgrùdadh	Ceum ga aithris	Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail Chìsean	Bunait aithris	clò beag
Seilbh	Liubhairt còrr-seilbh	Àireamh de phròiseactan Q&S2 agus 3a nach eil air an soidhnigeadh dheth	Clàr 9	Deireadh ràithe mu choinneamh Plana Liubhairt	1
	Toraidhean	Clàr-amais OMD a' Choimisein	Clàr 9	Deireadh ràithe mu choinneamh Plana Liubhairt	2
Ìrean seirbheis	Seirbheis iomlan	Clàr-amais OPA a' Choimisein	Duilleag 15	4 ràithean mu choinneamh a' Phlana Liubhairt	3, 4

EARR-RADH 2

Clàr 2: Prìomh thoraidhean riaghlaidh eile

Raon coileanaidh	Cuspair ga sgrùdadh	Ceum ga aithris	Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail Chisean	Bunait aithris	clò beag
Ìrean seirbheis	Aoidionachd	Aoidionachd agus uisge iomlan don t-solar	Duilleag 26	4 ràithean mu choinneamh a' Phlana Liubhairt	5, 6, 7
Ionmhas	Neart ionmhasail	Sreath de phrìomh cho-mheasan	Clàr 3	Deireadh bliadhna mu choinneamh a' Phlana Liubhairt	8
		Iomlanachd air a chumail sa chunntas cùl-stòir bhannan	Duilleag 10	Deireadh bliadhna mu choinneamh a' Phlana Liubhairt	
Aithris conn-riaghlaidh	Sgaradh cunntasachd	Ri bhith air a mhìneachadh ann am Plana Liubhairt Uisge na h-Alba	Duilleag 27	Ri bhith air a mhìneachadh ann am Plana Liubhairt Uisge na h	9, 10
	Co-shineadh cìs isleachaidh	Cìs isleachaidh	Duilleag 12	Ri bhith air a mhìneachadh ann am Plana Liubhairt Uisge na h	
Seasmhachd agus atharrachadh gnàth-shìde	Deuchainnean mheidheadairean taigheadais	Ri bhith air a mhìneachadh ann am Plana Liubhairt Uisge na h-Alba	Duilleag 9	Ri bhith air a mhìneachadh ann am Plana Liubhairt Uisge na h	11
	Brosnachaidhean do luchd-leasachaidh	Ri bhith air a mhìneachadh ann am Plana Liubhairt Uisge na h	Duilleag 25	Ri bhith air a mhìneachadh ann am Plana Liubhairt Uisge na h	11
	Stiùireadh sgìrean	Ri bhith air a mhìneachadh ann am Plana Liubhairt Uisge na h	Duilleag 25	Ri bhith air a mhìneachadh ann am Plana Liubhairt Uisge na h	11

Clàr 3: Iuchair co-cheadaichte airson cur-a-steach

Raon coileanaidh	Cuspair ga sgrùdadh	Ceum ga aithris	Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail Chìsean	Bunait aithris	clò beag
Seilbh	Cosgais coileanaidh	Cosg calpa iomlan	Clàr 9	Bliadhna gu bliadhna mu choinneamh a' Phlana Liubhairt	12
Cosgaisean obrachaidh	Cosgais coileanaidh	Cosgais obrachaidh iomlan agus cosgais PPP	Clàr 4 agus duilleag 16	Bliadhna gu bliadhna mu choinneamh a' Phlana Liubhairt	13
Ionmhas	lasad	lasad ùr lom	Duilleag 7	Deireadh bliadhna mu choinneamh a' Phlana Liubhairt	14
	Buaidh fheartan a-muigh	Suidheachadh 'logaidh' lom	-	Deireadh ràithe	15

An clò beag

1. Tha 'soidhnigeadh dheth' a' ciallachadh a bhith a' coileanadh 'Clach-mhìle 5' ann an siostam sgrùdaidh OMG, mar a tha air aithris ann Toradh Seilbhe Calpa.
2. Cuiridh an Coimisean an obrachadh a-mach aig OMD a chaidh aontachadh an cèill.
3. 'S e tomhas Ofwat 2009 a th' ann an OPA, às aonais ceistean chunntasan agus leughadh mheidheadairean.
4. Mar a chaidh aontachadh leis an dà phàrtaidh agus leis an Neach-aithris air 30.07.09, gabhaidh OPA a-steach coileanadh aoidionachd air a mheasadh thar:
2010-11: aon bhliadhna a-mhàin
2011-12: cuibheas dà bhliadhna
2012-13: air adhart: cuibheas trì bliadhna
5. Tha 'roiligeadh 4 ràithean' a' ciallachadh mar a thathar a' tomhas thar 4 ràithean a' crìochnachadh leis an ràith a thathar ag aithris.
6. Bidh aoidionachd agus uisge a' dol don t-solar air a thomhas taobh ri taobh. Tha uisge a' dol don t-solar air ainmeachadh mar cuir-a-steach Sgaoilidh mar a tha air a mhineachadh ann an Toradh Bliadhnail 2009, Clàr A2, Loidhne 11. airson 2010-11, bidh Uisge na h-Alba ag aithris aoidionachd a' cleachdadh modhan coltais agus co-phàirt as motha. Às dèidh sin, chan fhaod aithris aoidionachd ach am modh coltais a chleachdadh.
7. Bidh tuairisgeulan aoidionachd stèidhichte air coileanadh ìre eaconamach de aoidionachd, air aontachadh leis a' Choimisean, gun a bhith nas fhaide na 2013-14. Bidh tuilleadh obrach ag adhartachadh gus ìre sheasmhach de aoidionachd às dèidh 2014.
8. Bidh co-mheasan ionmhasail agus an cunntas cùl-stòir air an sgrùdadh gach bliadhna.
9. Co-phlanaichean, rin aontachadh.
10. Ann an co-chòrdadh ri aithrisean riochdachaidh Uisge na h-Alba den t-Sultain 2009, bidh na pàrtaidhean a' sgrùdadh le chèile ìre iomchaidh nan cìsean ìsleachaidh airson Uisge na h-Alba, ann an coimeas ri feadhainn eile ann an gnìomhachas an uisge.
11. Co-phlanaichean, rin aontachadh.
12. Tha cosgaisean calpa iomlan a' fàgail às seilbh fo ùghdarras a tha a' tuiteam taobh a-muigh farsaingeachd nan toraidhean a tha fa-near ann an Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail Chìsean, mar a chaidh atharrachadh le OMG, agus bu chòir aithris gu làn, a' sealltainn an t-sùm thabhartasan.
13. Bidh cosgaisean obrachaidh bliadhna gu bliadhna air an sgrùdadh a rèir reata shònraichte mu choinneamh ro-mheasaidhean bliadhnail a' Phlana Liubhairt.
14. Bidh iasad ùr lom deireadh bliadhna air a sgrùdadh mu choinneamh ro-mheasaidhean bliadhnail a' Phlana Liubhairt.
15. Bidh an suidheachadh logaidh lom mar raon air a thuairmseadh, a' gabhail cunntas air reataichean diofraichte atmhorachd eadar RPI agus COPI; dleastanasan ùra air an cur air Uisge na h-Alba le Riaghaltas na h-Alba; toraidhean a bharrachd agus toraidhean air nach eil feum tuilleadh (far a bheil sin aontaichte le OMG); agus easaonta ionmhasail buntainneach sam bith eile (fàbharach agus mì-fhàbharach) air taobh a-muigh buaidh luchd-stiùiridh Uisge na h-Alba.

Ridseard Ackroyd

Ceannard
Uisge na h-Alba

Ailean Sutharlanach

Ceannard
Coimisean Gnìomhachas Uisge na h-Alba

26.11.09

Coimisean Gnìomhachas an Uisge airson na h-Alba

Taigh Urchoill, Pàirc Gnìomhachais Springkerse, Sruighlea FK7 7XE

Fòn: 01786 430 200 **Facs:** 01786 462018 **Post-d:** enquiries@watercommission.co.uk

www.watercommission.co.uk

